fèisean NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh

Dihaoine 13mh Màrt 2026 bho 11:30m

Air-loidhne

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh air-loidhne, bho 11.30m, Dihaoine 13mh Màirt 2026

Clàr Chùisean

1.2026.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	

1.2026.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c)	Lèirmheas air pròram bhon Dùbhlachd 2025 agus sùil air adhart	Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(d)	CivTech 11.2: Gainnead Dàta Gàidhlig	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(e)	Co-chòmhairleachadh air Sgìrean Cànain Sònraichte	Airson Fiosrachaidh

1.2026.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2025-26	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Suimeannan airgid anns a' bhanca agus am fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2025	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Tabhartasan nam Fèis 2025-26 agus Fèisean na Càisge 2026	Airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(e)	Dreach Buidseat 2026-27	Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(f)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(g)	Cothromachadh Ionmhais gu 31 Màirt 2026	Aithris airson Aontachaidh

1.2026.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Obair Chothromach an Toiseach	Aithris airson Fiosrachaidh

1.2026.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Ballrachd a' Bhùird	Airson Fiosrachaidh
(b)	Cruinneachadh 2026 agus Aoighean	Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(c)	Maoin nan Ealan Gàidhlig	Aiirson Fiosrachaidh
(d)	Ùrachadh Poileasaidh Àite Dìonta	Airson Deasbad agus Aontachadh
(e)	Làrach-lìn agus branndachadh	Airson Deasbad agus Aontachadh

1.2026.06 EILE

(a)	G I S B E	
(b)	Ceann-latha na h-ath choinneimh: 22.05.2026	Airson Fiosrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail air loidhne tro Zoom bho 11:30m. Dihaoine 12 Dùbhlachd 2025.

4.2025.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) Present
Carola NicCaluim (Cathraiche), Alasdair Paul, Muriel Ní Géibheannaigh, Tomaidh Dòmhnallach, Gwen NicGuaire, Calum Ailig MacMhaoilein (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Calum Friseal (a' frithealadh) agus Maria NicAsgaill (a' frithealadh).

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar aon. Seo a' chiad Choinneamh a' Bhùird aig Calum Friseal na Mhanaidsear Leasachaidh.

Chuir an Cathraiche meal a naidheachd air Abi is Bairidh MacIlleRuaidh air breith am mic. Chuir an Cathraiche co-fhaireachdainn gu teaghlach Iain Ghòrdain Mhic Phàrlain, Ulapul, an lorg an call.

(b) Leisgeulan
Krisell Dhòmhnallach, Raonaid Lincoln, Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd) agus Anna NicGuaire (Alba Chruthachail).

(c) Geàrr-chunntas na Coinneimh Mu Dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
Bhathar air geàrr-chunntas a chuairteachadh bhon choinneimh a chaidh a chumail air 25 Sultain 2025.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Tomaidh Dòmhnallach is Alasdair Paul a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean ag èirigh
Cha robh gin ann.

4.2025.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Clàr Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh
Bhathar air aithisg a chuairteachadh le Calum Ailig MacMhaoilein air adhartas a' chlàir-obrach gu deireadh na Sultaine 2025.

Bha Calum Ailig toilichte an Clàr Obrach gu deireadh na Sultaine 2025 a chur an cèill.

Thug buill a' Bhùird fainear don aithisg agus dh'aontaich iad ri Clàr-obrach Fèisean nan Gàidheal.

(b) Aithisgean Adhartas an Luchd-obrach
Bhathar air Aithisgean air Adhartas bhon luchd-obrach a chuairteachadh.

Thug buill a' Bhùird fainear do na bha sna h-aithisgean agus thug an Cathraiche taing do na h-uile airson farsaingeachd na h-obrach san robh iad na lùib.

(c) Blas 2025 agus 2026
Thug Calum Ailig fainear gen deach glè mhath le Blas, le còrr is 200 neach-ealain is -ciùil a' gabhail com-pàirt san fhèis. Thugadh fainear do na deagh chothroman a bha ann do dh'òigridh. Chaidh grunn tachartasan a lìonadh no cha mhòr nach robh iad làn, le frithealadh na b'ìsle ann an cuid a dh'àiteachan. Ged nach deach gin de na consairtean a shruthadh beò, chaidh ceithir consairtean a chlàradh is thèid sin a chleachdadh ann an seusar na fèise agus ann an stuth foillseachaidh.

Thugadh fainear gun deach barrachd a dhèanamh sna sgoiltean am-bliadhna, rud a chòrd ris na sgoiltean is ris an luchd-teagaisg, is thug Calum Ailig taing do dh'Eilidh airson na rinn i ann. Bithear a' beachdachadh air barrachd thachartasan ann an sgoiltean airson fèis na h-aith-bhliadhna. Gabhaidh Fèis Blas àite 4-12 Sultain 2026. Bha cothrom ann iarrtas a chur a-steach do Mhaoin

nam Fèisean Meudaichte aig Alba Chruthachail agus shoirbhich leis an iarrtas aig a' chiad ìre le ceann-latha an dàrna iarrtais gu bhith air 17 Dùbhlachd.

(d) **Sùil air ais air a' chlàr bhon Damhair agus sùil air adhart**

Chuir Calum Ailig, Calum Friseal agus Eilidh NicCoinnich lèir-chunntas an cèill air clàr-obrach dèante le dh'Fhèisean nan Gàidheal an-dràsta is ri tighinn:

- Dh'innis Calum Friseal mu Fhèisean an Fhoghair, 5 Latha, Thachartasan Còmhnaidh Fuaran agus Amplify.
- Dh'innis Eilidh NicCoinnich mu Bhlasad Gàidhlig, Beairteas, Seinn, Acadamaidh a' Mhòid Meanbh-Chuileag, Sporan, Hùb-Hàb, Panto agus Dùbhlan CivTech 11.12.

Thug buill a' Bhùird fainear dha agus dh'aontaich iad ri lèir-mheas a' chlàir. Thug Gwen NicGuaire iomradh air an t-sàr-obair.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr-chùisean: 1.2026.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne san treas ràith de 2025-26 gu 31 Dùbhlachd 2025.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' buntainn ris an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean/clachan-mìle - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Pròraim Fèisean nan Gàidheal airson 2024-28.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Tha diog (√) fo AC1 – AC60 a' comharrachadh far a bheil clach-mhìle nar pròram a' cur ri àrd-amasan Freàm-obrach Ro-innleachdail Alba Chruthachail fo Càileachd is Amasachd (CA); Com-pàirteachadh (C); Co-ionnanachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (CII); So-sheasmhach Àrainneachail (SA); Obair Chothromach (OC) agus Eadar-nàiseanta (E).

Air.		Raon sa Phlana Pròraim	Adhartas	Clachan-mìle Ìre					
Alba Chruthachail - Clachan-mìle				CA	C	CII	SA	OC	E
AC1	Maoin chunabhalach airson gnìomhan tro Sgeama Tabhartasan nam Fèisean le gealltanas gum bi ìrean tuarastal àbhaisteach a' ghnìomhachais air a phàigheadh do dh'oidean agus gum tuarastal bith-beò air a phàigheadh do rianairean.		Chaidh tabhartasan luach £370,991 aontachadh aig coinneamh a' Chèitein den Bhòrd-stiùiridh. Tha e mar cumha mhaoineachaidh gun tèid ìrean tuarastal àbhaisteach a' ghnìomhachais a phàigheadh do dh'oidean agus gum bi tuarastal bith-beò air a phàigheadh do rianairean.	√	√	√	√	√	
AC2	Maoin leasachaidh airson taic a chumail ri atharrachadh no obair ùr-ghnathach.		Suas gu deireadh R2 chaidh £4,358 a phàigheadh bhon Stòras Leasachaidh. Fhuair Fèis an Tairbeirt taic airson sreath de sheiseanan Fèis Bheag a lìbhrigeadh agus sreath de chonsartan, fhuair Fèis Spè maoineachaidh airson bùth-	√	√	√	√	√	√

			obrach a dhèanamh còmhla ri Fèis Thatha agus fhuair Fèis Dhùn Èideann taic airson cuairt timcheall sgoiltean a dhèanamh.	
AC3	Taic phractaigeach is ro-innleachdail tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh, le Fèisean air an roinn eatorra, a' stiùireadh seirbheasan taic leithid solair ionnsramaidean, a' togail maoin bho thùsan eile agus sgrùdaidhean dìon-chloinne.		Tha na h-Oifigearan Leasachaidh a' leantainn orra taic a chumail ri Fèisean le bhith a' cur tachartasan air dòigh, a' togail maoin, sgrùdaidhean dìon-chloinne is eile. Chaidh lèirmheas a dhèanamh air mar a tha na Fèisean air an roinn eadar na h-oifigearan 's chaidh atharraichean aontachadh a bhios a' thighinn an sàs aig toiseach na Samhna. Tha sinn air siostam ùr a tha nas èifeachdaiche airson ionnsramaidean a ghluasad eadar na Fèisean aig amannan trang. Thànaig atharrachadh as an dòigh a bha sinn a' faighinn àrachas roimhe do na Fèisean, le feum a-nis airson poileasaidhean fa-leth. Tha sin air dòigh a-nis, ged a bha feum aig grunn Fhèisean an àrachas aca fhèin a chur air dòigh ach fhuair iad an t-airgead a bha aca ri pàigheadh air ais bhuainn. Chaidh 240 sgrùdaidhean dìon chloinne a dhèanamh ann an suas gu deireadh R3, 73dhiubh airson oidean.	√ √ √ √ √
AC4	Conaltradh cunbhalach le Fèisean ionadail tro Phrìomh Oifigearan, co-labhairt bhliadhnail co-thimeal ri foillseachadh na h-Aithisg Bhliadhnail, agus cruinneachaidhean eile.		Tha an Sgioba Leasachaidh a' conaltradh gu cunbhalach ri na Fèisean. Chaidh Cruinneachadh nam Fèisean a chumail air 26/27 Sultain ann an Taigh-òsta a' Bhaile, Glaschu 's chaidh Aithisg Bhliadhnail na buidhne fhoillseachadh aig an àm sin.	√ √ √ √ √
AC5	Taic le bhith a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an Gnìomh agus leasachaidhean a bharrachd gus cleachdadh na Gàidhling tro na Fèisean a neartachadh, le focas sònraichte air feumalachdan nan sgìrean air an dearbhadh mar Sgìrean Cànain Sònraichte		Bidh sinn a' cumail taic do Fèisean le eadar-theangachadh agus a bhith a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na pròraman aca. Chuir sinn trèanadh Gàidhlig air-loidhne do dh'oidean air dòigh air thoiseach air Fèisean an t-samhraidh agus anns an Dàmhair le 12 a' gabhail pàirt.	√ √ √
AC6	A' sgaoileadh naidheachdan gus inbhe agus tuigse mu ar n-obair a neartachadh		Tha sinn air 13 naidheachdan a sgaoileadh air a' bhliadhna seo, 's tha cothroman air a bhith againn, agus cuid de chom-pàirtichean an Sgoil Shàmhraidh Dràma mar eisimpleir, agallamhan a dhèanamh air Rèidio nan Gàidheal, Cuillin FM, Radio Scotland agus BBC Alba agus tha sinn a' cleachdadh na meadhanan sòisealta gus fiosrachadh a sgaoileadh agus innse mu chothroman ùra.	√ √ √ √
AC7	A' toirt daoine òga an sàs ann an co-dhùnaidhean taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal agus a' brosnachadh a leithid tro na Fèisean ionadail.		Tha daoine òga an sàs leis a' Bhòrd Stiùiridh againn agus bha oileanach ag obair còmhla rinn rè saor-làithean an t-sàmhraidh. Bidh sinn a' toirt barrachd dhaoine òga an sàs mar a bhios pròiseactan a leasachadh.	√ √ √

			Bidh sinn a’ sireadh riochdaire ùra airson a’ Bhòrd-stiùiridh a dh’aithghearr agus bidh dithis neach òga ùra an sàs le Buidheann Pròg ramaidh Blas ann an 2026.	
AC8	Taic maoineachaidh a bharrachd, far a bheil feum, gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom ann dhaibhsan aig a bheil feumalachdan sònraichte.		Tha maoin a bharrachd againn do Fèisean gus a bhith cinnteach gu bheil cothrom aig feadhainn le feumalachdan a bharrachd a bhith a’ gabhail pàirt ann am pròg raman nam Fèisean. Tha 5 Fèisean air taic fhaighinn air a’ bhliadhna seo.	√ √ √
AC9	Goireasan ùra de chèol is òrain Ghàidhlig ann an an cruth didseatach a bharrachd air cruinneachadh agus clàradh òrain Ghàidhlig traidiseanta.		Thòisich an sreath as ùire den phròiseict Fuaran na bu thràithe air an t-Sàmhraidh. Bha deireadh-sheachdain treànaidh san Aghaidh Mhòr air an 13mh agus 14mh dhen t-Ògmhios agus bha 6 com-pàirtichean ann. Fhuair na seinneadairean cothrom bùithean-obrach a dhèanamh le eòlaichean air grunn chuspairean a bhiodh feumail dhaibh gus òrain a rannsachadh agus a chruinneachadh. Bhon uairsin tha na com-pàirtichean air a bhith trang a’ rannsachadh agus cruinneachadh na h-òrain aca agus thànaig iad còmhla san t-Sultain ann an Inbhir Nis gus na h-òrain a chlàradh agus ghabh iad pàirt ann an consart aig Blas. Chaidh Co-òrdanaiche Pròiseict ùra fhastadh aig deireadh a’ bhliadhna ‘s bidh esan a’ coimhead ri an làrach ùrachadh agus na h-òrain fhoillseachadh as na beagan mìosan a tha romhainn cuid ri sreath de phòdan-craolaidh.	√ √ √ √ √
AC10	Trèanadh cunbhalach airson oidean, luchd-obrach agus buill comataidh.		Ghabh 112 oide, neach-obrach, com-pàirtiche agus ball comtaidh pàirt ann an 28 seiseanan trèanaidh suas gu deireadh R3.	√ √ √ √ √
AC11	Trèanadh cunbhalach sa Ghàidhlig airson oidean Fèise agus planadh cànain do chomataidhean gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh.		Ghabh 12 oide pàirt ann an trèanadh Gàidhlig air-loidhne le Ingird NicEanraig. Anns na clasaichean seo leasaich iad sgilean cànain a bharrachd air abairtean feumail is briathrachas chiùil a bhios na chuideachadh dhaibh aig Fèisean.	√ √ √ √
AC12	Ag obair ann an com-pàirt gus cothroman adhartais a thoirt do dhaoine òga.		Mar phàirt de sgeama greis gnìomhachais Chomhairle nan Eilean Siar, bha Cleo NicCoinnich ag obair còmhla ruinn airson deich seachdainean eadar an Ògmhios agus An Lùnastal.	√ √ √
				√ √ √

AC13	A’ cleachdadh goireasan didseatach gus cuid de thrèanadh a lìbhrigeadh air-loidhne, gearradh sìos air siubhal agus cleachdadh gualan.		Chaidh na clasaichean Gàidhlig do dh’oidean a lìbhrigeadh air-loidhne agus ghabh ball den sgioba pàirt ann an 4 seiseanan trèanaidh. Chaidh seiseanan taic do chom-pàirtichean Fuaran a’ lìbhrigeadh air-loidhne.	
AC14	A’ toirt sgilean didseatach, cruinneachaidh agus tàr-sgrìobhaidh do dhaoine òga a bharrachd air cothroman airson sgrìobhadh cruthachail, sgrìobhail ciùil, gnìomhachas a’ chiùil agus sgilean taisbeanaidh.		Chruinnich com-pàirtichean Fuaran aig loidsichean a’ Ghlinne Mhòir for an d’fhuair iad trèanadh air rannsachadh agus cruinneachadh òrain Ghàidhlig is stuthan eile, beul-aithris, ainmean-àite is eile. ‘S iad Raghnaid Sandilands, Eòghan MacEunraig, Alasdair MacIlleBhàin, Eilidh NicCarmaig, Drew McNaughton agus Flòraidh Forrest (Tobar an Dualchais) a’ lìbhrig na seiseannan.	√ √ √ √ √
AC15	Com-pàirt ann an oidhirpean gus cothroman obrach a bhrosnachadh sna h-ealain agus ann an obair chruthachail.		Bha 22 daoine òga an sàs le na Cèilidhean air Chuairt am bliadhna. Tha mòran Fèisean air cothroman a thoirt do cheòladairean òga a bhith ag obair mar leas-oidean aig Fèisean.	√ √ √ √
AC16	A’ brosnachadh Fèisgoil mar sheirbheis a tha a’ tabhann cothroman com-pàirteachais ann an ionnsachadh chruthachail tarsainn air pròg ram farsaing.		Suas gu deireadh R3 chaidh na leanas a lìbhrigeadh: Bha 1,146 seiseanan de Bhlasad Gàidhlig ann an 34 sgoiltean le 14 oidean agus 2,185 sgoilearan a’ faighinn buannachd as a’ chothrom seo. Chaidh dealbh-cluiche Hùb-Hàb air Chuairt sa Chèitean, le 19 taisbeanaidhean do 275 sgoilearan. Chaidh Meanbh-chuileag air chuairt le ‘O Mo Chlach’ le dìthis chleasaiche a’ dèanamh 17 taisbeanaidhean do 482 sgoilearan. Chaidh dealbh-cluiche ùr Meanbh-chuileag ‘Dìleab Iain ’s Maireid’ air an rathad aig toiseach an t-Sultain, le 35 sgoiltean a’ gabhail pàirt ann an 28 taisbeanaidhean le luchd-èisteach de 704. Chaidh triùir chleasaichean air cuairt leis a’ phanto bhliadhnail san Dùbhlachd. Rinn iad 16 taisbeanaidhean do 23 sgoiltean le 1,190 san luchd-èisteachd. A thuilleadh air sin, chaidh dà thaisbeanadh poblach a dhèanamh ann an Glaschu agus Inbhir Nis le 177 an làthair thairis air an dà thachartas. Lìbhrig Aonghas MacLeòid (Oifigear Dràma Fèisean nan Gàidheal) 21 seiseanan ann an 7 sgoiltean do 154 sgoilearan mar phàirt de sreath de bhùithtean-obrach dràma aon-latha. Tro Sporan, lìbhrig sinn 12 bhuth-obrach do 241 sgoilearan ann an 8 sgoiltean.	√ √ √ √ √ √

			Ann an com-pàirteachas ris A' Chomunn Gàidhealach agus Comhairle na Gàidhealtachd chaidh 6 oidean fhastadh airson taic a chumail ri farpaisichean a' Mhòid. Gu h-iomlan, chaidh 449 seisean a lìbhrigeadh do chòrr is 500 sgoilearan ann an 19 sgoiltean. Mar phàirt de Seinn, lìbhrig sinn 391 seiseanan do 422 sgoilearan ann an 6 sgoiltean ann an Uibhist agus Barraigh. Ann an com-pàirteachas ri Tobar an Dualchais, lìbhrig sinn 'Beairteas air Bhioran' le dithis oide le Gàidhlig a' tadhail air 6 sgoiltean anns an Eilean Sgitheanaich gus fighe is òrain a theagasg do 119 sgoilearan. Chaidh seo a leudachadh gu dà sgoil ann am Barraigh, le 10 oide bhon choimhearsnachd ionadail a' toirt seachad leasanan do 59 sgoilearan. Mar phàirt de chùmhnant le Bòrd na Gàidhlig, lìbhrig sinn 2 sheisean Eòlas air a' Ghàidhlig. Lìbhrig sinn seisean a bharrachd cuideachd do Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.	
AC17	Cothroman còmhnaidh airson cur-seachadan coimhearsnachd tro mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach 5 Latha, an Sgoil-shamhraidh Dràma agus tachartas ùr a bharrachd.		Ghabh 16 òigear pàirt ann an 5 Latha sa Ghiblean. Bha 14 com-pàirtichean aig an Sgoil-shàmhraidh Dràma ann am Port Rìgh san Iuchar. Bidh sinn a' cumail tachartas còmhnaidh ùr sa Ghearran airson clann àrd-sgoile aig Ionad Ath-Fhiadhachaidh Dhùn Dreagain.	√ √ √ √ √
AC18	Pròg ram de bhùithtean obrach agus taisbeanaidhean dràma tro mheadhan na Gàidhlig.		Faicibh A16 gu h-àrd	√ √ √ √ √
AC19	Taic do sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra.		Chaidh rannan ghoirid a chur ri chèile mar phàirt de dealbh-cluiche Hùb-Hàb sa Chèitean agus mar phàirt den Phanto san Dùbhlachd.	√ √ √ √
AC20	Taic Ghàidhlig aig Fèisean gus com-pàirteachadh dhaoine òga leis a' chànan a bhrosnachadh.		Tha cuid de dh'Fhèisean a' cur air dòigh clasaichean agus cur-seachadan a bharrachd do dhaoine òga airson an Gàidhlig aca a chleachdadh agus a leasachadh ann an dòighean chruthachail. Tha seo a' gabhail a-steach clasaichean obair-bhuidhne, fuaim, filmeadh agus taghadh de chur-seachadan aig amannan-fois.	√ √ √ √
AC21	Taic do na h-ealain agus cur-seachadan Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an sgoiltean tro Fèisgoil, a' gabhail a-steach Meanbh-fhèisean airson eòlas air, agus com-pàirteachas ann an, cultar nan Gàidheal a bhrosnachadh.		Ged nach robh e comasach dhuinn seo a choileanadh gu ruige seo, bidh sinn a' cur Meanbh Fhèisean air dòigh ann an sgoiltean ann an sgìre Fìobha ann an R4.	√ √ √ √
				√ √ √ √ √

AC22	A’ leantainn air adhart le taic do thaisbeanaidhean Fèise ionadail.		Tha cèilidhean nan oidean agus nan com-pàirtichean nan pàirt chudromach de na Fèisean. Suas gu deireadh R3 bha 45 taisbeanaidhean ann.	
AC23	Taic do na Cèilidhean air Chuairt no do thaisbeanaidhean eile stèidhichte air obair thurasachd.		Chum sinn taic ri 4 Cèilidhean air Chuairt air an t-sàmhradh seo agus buidheann òigridh Monadh Ruadh le Fèis Spè. Fhuair iad uile trèanadh mus deach iad air Chuairt san Iuchar agus An Lùnastal. Chaidh 28 tachartas a chur air dòigh mar phàirt de Bhlas a bharrachd air pròg ram sgoile is coimhearsnachd.	√ √ √ √ √
AC24	A’ cur air dòigh Fèis Bhlais gach bliadhna, no pròg ramadh dùthchail, le coimiseanan ùra.		Chaidh Fèis Blas a chumail eadar 5-13 Sultain. B’e Fèis soirbheachail a bh’ ann le 28 prìomh thachartasan, 2 bhùth-obrach air-loidhne, tachartasan coimhearsnachd agus sgoile, taisbeanaidhean dràma agus leasannan ciùil ann an sgoiltean. Chaidh cuid den phròg ram a lìbhrigeadh tro cho-obrachadh le luchd-adhartachaidh ionadail a chuir tachartasan air dòigh nan coimhearsnachdan fhèin. A bharrachd air taic-airgid bho Chomhairle na Gàidhealtachd, bha e comasach do dh’Fhèisean nan Gàidheal cur ri buidseat na fèise le airgead bho Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig. Bha maoineachadh a bharrachd ann bho Chomhairle nan Eilean Siar a leig leinn co-là-breith cudromach a chomharrachadh don t-seinneadair is pìobaire ainmeil, Catriona Garbutt. Bha cuid de na cuirmean air na ticeadan air fad a rèic agus àireamhan fallain san fharsaingeachd a tionndadh a-mach am bliadhna	√ √ √ √ √ √
AC25	A’ brosnachadh com-pàirteachas nam Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus bliadhnaichean shònraichte a bharrachd air cothroman ionnsachaidh agus mòr-thaisbeanaidhean ann an Alba no thall thairis, le focas air far a bheil Gàidhlig ga labhairt ann an Ceap Breatainn agus Èirinn.		Chuir sinn seisean seinn air dòigh son Mìos nan Gàidheal ann an Alba Nuadh a chomharrachadh le Taigh-sgoile na Drochaide ann am Màbu. Fhuair 6 neach-òga cothrom com-pàirt a ghabhail ann an Iomlaid Èireannach le buidheann a’ tadhail air sgìre Dubh nan Gall san Ògmhios.	√ √ √ √ √
AC26	A’ dèanamh cinnteach gu bheil ar n-obair ri fhaotainn gu luchd-èisteachd farsaing is ioma-dhòigheach tro ghoireasan didseatach, gu h-àraidh FèisTV.		Chuir sinn sanas a-mach airson cothrom a thoirt do dh’oidean tuilleadh sreathan teagaisg Oide a chruthachadh, le dùil gum bi na leasannan seo ri fhaotainn a dh’aithghearr.	√ √ √ √ √ √

				Ged nach deach cuirmean a sruthadh beò aig Blas, chlàr sinn 3 cuirmean le dùil gum bi criomagan goirid a' nochdadh air na meadhannan sòisealta thairis air na mìosan a tha romhainn. Tha sinn a' rannsachadh dòighean ùra susbaint a bharrachd a chur ri FèisTV le taic bho eòlaichean airson aìreamhan luchd-amhairc àrdachadh.							
AC27	A' lìbhrigeadh Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig as leth Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig mar a cheadaicheas maoineachadh.			Fhuaradh 58 iarrtasan thairis air dà chuairt de Mhaoin nan Ealan Gàidhlig airson 2025-26 a' sireadh £284,680 mu choinneamh phròiseactan luach £548,336. Uile gu lèir, chaidh £92,750 a thabhann air 31 phròiseact le luach £312,442 Cha bhi Fèisean nan Gàidheal a' cur air dòigh Tasgadh tuilleadh. 'S e TRACS a bhios a' ruith an sgeama airson tabhartasan beaga a-nis.	√	√	√	√	√	√
AC28	Gu bheil ìrean àrda riaghlaidh an àite le coinneamhan cunbhalach den Bhòrd-stiùiridh agus pàipearan ri fhaotainn air-loidhne airson follaiseachd.			Chaidh coinneamhan den Bhòrd-stiùiridh a chumail air 23 Cèitean, 26 Sultain agus Dihaoine 12 Dùbhlachd (air-loidhne). Chaidh pàipearan a' Bhùird a sgaoileadh agus chaidh cuireadh a thoirt do riochdairean a bhith an làthair. Bidh coinneamh eile air a chumail anns A' Mhàirt (air-loidhne).	√	√	√	√		
AC29	A' leasachadh, a' glèidheil agus a' cur grunn phoileasaidhean agus planaichean gus taic a chumail ri dìon, measadh agus stiùireadh cunnairt, Gàidhlig, lùghdachadh gualan, CLL agus Obair Chothromach an Toiseach.			Bidh sinn a' dèanamh Lèirmheas air ar poileasaidhean gu cunbhalach, a' dèanamh cinnteach gun tèid ùrachadh a dhèanamh orra ma bhios sin a dhìth. Chaidh clàr-chunnairtean na buidhne aontachadh aig a' choinneamh den Bhòrd-stiùiridh sa Chèitean.	√	√	√	√	√	√
AC30	A' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach measadh bliadhnail le cothrom còmhradh farsaing a chumail mu ìrean phàighidh agus cumhaidhean obrach aig an àm sin, agus amannan eile tron a' bhliadhna agus gu bheil trèanadh iomchaidh air a thabhan dhaibh gus an coilean iad an cuid comasan.			Tha na measaidhean bhliadhnail a' gabhail àite ann an R3/R4, far an tèid còmhradh a chumail air trèanadh, cumhaidhean obrach agus pàigheadh. A thuilleadh air seo, tha coinneamhan sgioba cunbhalach againn far a bheil cothroman trèanaidh agus Obar Chothromach an Toiseach air a' chlàr.	√	√	√		√	

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/glèidheadh ILT	72.4	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach don Ghàidhealtachd	£1,308,115	Meudachadh san toradh ionmhasail	£111,357	Luchd Saor-thoileach an sàs	408
Tabhartasan do dh'Fèisean	£251,547	Tabhartasan Eile	£47,920	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	4,026	Com-pàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig tachartasan eile	7,533

Luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	4,460	Luchd-èisteachd aig tachartasan eile (air loidhne)	4,096 (34,578)	Com-pàirtichean ann an trèanadh	112	Obair Eadar-nàiseanta	8

Builean Bhòrd na Gàidhlig				**Ìre**
Taic ann do na Fèisean airson an obair aca a leasachadh is a dhìon is barrachd aithne a thoirt air a' Ghàidhlig tromhpa				
BnG1.1.1	Taic ga chumail ri 46 Fèisean ionadail sa bhliadhna is Gàidhlig ga brosnachadh an lùib obair nam Fèisean, a rèir maoineachadh freagarrach ri fhaighinn bho Alba Chruthachail.		Faicibh AC1-5, AC11, AC15, AC22-23, AC25 gu h-àrd airson fiosrachadh mu thaic do na Fèisean	
BnG1.1.2	Adhartas bliadhna-air-bliadhna air a shealltainn air an uimhir de Ghàidhlig air a chleachdadh anns na Fèisean		Faicibh AC20 gu h-àrd Tha sgioba Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh na Gàidhlig cho mòr 's as urrainn aig Fèisean ionadail.	
BnG1.1.3	Fianais bho chom-pàirtichean anns na Fèisean gu bheil obair nam Fèisean air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice no ga h-ionnsachadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Misneachd air a togail ann an coimhearsnachdan Gàidhlig le tuilleadh chothroman gan toirt seachad airson Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sòisealta				
BnG1.2.1	30 tachartas air an cumail le Fèisean ionadail sa bhliadhna a tha a' cur na Gàidhlig air adhart.		Faicibh AC22 gu h-àrd. Suas gu deireadh R3, chum 24 Fèisean na prìomh thachartasan aca, le mòran eile dhiubh a' tabhann chlasaichean seachdaineach agus bùithtean-obrach cunbhalach. Tha clasaichean seinn is dràma sa Ghàidhlig nam pàirt chudromach de na tha na Fèisean a' cur air dòigh do chom-pàirtichean. Chaidh Fèis Ghàidhlig Ghlaschu, Fèis na h-Òige agus Fèis Tìr a' Mhurain a lìbhrigeadh gu tur tro mheadhan na Gàidhlig. Tha na Fèisean air co-dhiù 45 cuirmean a chumail mar phàirt de na tachartasan aca.	
BnG1.2.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dhaoine a tha a' frithealadh thachartasan gan cumail le Fèisean.		Thèid againn air cunntas nas mionaidiche a thoirt air a seo aon uair 's gum faigh sinn fiosrachadh air ais bho na Fèisean tràth ann 2026.	
BnG1.2.3	Fianais bho luchd-frithealaidh tachartasan nam Fèisean gu bheil iad nas misneachaile a thaobh na Gàidhlig agus a' gabhail chothroman a cleachdadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
BnG1.3.1	Local Fèisean and/or Fèisean committees must pay the Real Living Wage if they receive grant funding from Fèisean nan Gàidheal		Faicibh AC1 gu h-àrd. 'S e cumha maoineachaidh do na Fèisean a tha seo.	
A' toirt seachad trèanadh do dh'oidean nam Fèisean gus a bheil iad nas comasaiche is gu bheil na Fèisean a' toirt seachad ìre àrd de thrèanadh				
BnG2.1.1	Pròram trèanaidh bliadhnail air a lìbhrigeadh, a' gabhail asteach trèanadh Gàidhlig, le co-dhiù 12 seisean air an lìbhrigeadh.		Faicibh AC10-AC11 gu h-àrd.	

BnG2.1.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de dh'oidean a th' air taic trèanadh Gàidhlig fhaighinn.		Bidh e comasach dhuinn fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt air a seo ann an R4.	
BnG2.1.3	Fianais bho chom-pàirtichean san trèanadh Ghàidhlig gu bheil e air piseach a thoirt air na sgilean cànain aca		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Cothroman gan toirt do dh'òigridh airson sgilean cainnt is misneachd sa Ghàidhlig a bhrosnachadh tro thachartasan-còmhnaidh is eadar-ghinealaich				
BnG2.2.1	Tachartasan Sgoil-samhraidh Dràma is 5 Latha air an cumail le àrdachadh air àireamhan com-pàirt bliadhna-air-bliadhna, ma bhios a leithid comasach anns na h- àitichean far am bi na tachartasan a' dol air adhart.		Faicibh AC17 gu h-àrd.	
BnG2.2.2	Tachartas còmhnaidh ùr air a chur air dòigh ann an 2025/26 airson clann a thoirt còmhla gus Gàidhlig a chleachdadh		Thèid 'Meòraich' a chumail eadar 13-17 Gearran aig Ionad Ath-Fhiadhaichidh Dhùn Dreagain. Mar phàirt den tachartas seo, thèid com-pàirtichean a bhrosnachadh a bhith a' toirt an aire dhan cuid shlàinte is sunnd, le bhith ag ionnsachadh mu dhian-mheòrachadh, agus tro chur-seachadan ciùin, meòrachail, cruthachail agus cultarail.	
BnG2.2.3	Sgeama Beairteas air a ruith is àrdachadh air àireamhan compàirt bliadhna-air-bliadhna		Faicibh AC16 gu h-àrd. Ann an com-pàirteachas ri Tobar an Dualchais, chaidh 'Beairteas air Bhioran' a lìbhrigeadh do 119 sgoilearan ann an 6 sgoiltean san Eilean Sgitheanach. Chaidh am pròiseact seo a leudachadh ann an R3, le 59 ann an dà sgoil ann am Barraigh a' faighinn Oideachadh bho dheichnear bhon choimhearsnachd ionadail.	
BnG2.2.4	Fianais bho chom-pàirtichean ann an tachartasan còmhnaidh agus Beairteas gu bheil iad seo air cur ris na sgilean cainnt aca is am misneachd gus Gàidhlig a chleachdadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Goireasan ciùil is teagaisg gan cur air-loidhne gus a bheil iad nas ruigsinniche is cothrom aig barrachd dhaoine feum a dhèanamh orra				
BnG2.3.1	Prògram de chruinneachadh is didseatachadh òrain Ghàidhlig air a ruith is clàraidhean ri fhaighinn dhan phobaill, ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùs eile.		Faicibh AC9 agus AC14 gu h-àrd.	
BnG2.3.2	Sanasachd agus obair sgaoilidh ga dhèanamh airson na h-òrain a thoirt do dh'àireamhan nas motha de luchd-èisteachd.		Faicibh AC9	
BnG2.3.4	Fianais bho chom-pàirtichean gu bheil Fuaran, is pròiseactan eile, a' cur ris an eòlas a th' aca air òrain Ghàidhlig agus am misneachadh a' Ghàidhlig a		Thèid seo a rannsachadh mar a bhios am pròiseact a' dol air adhart.	

	chleachdadh nas trice.			
BnG2.4.1	Gu bheil ceanglaichean gan togail le Tobar an Dualchais, agus daoine is buidhnean iomchaidh eile san raon seo, tro phròiseact cruinneachaidh is didseatachaidh òrain Ghàidhlig.		Dh'obraich sinn còmhla ri Tobar an Dualchais air a' phròiseact 'Beairteas air Bhioran' agus thug an stiùiriche aca, Flòraidh Forrest, bùth-obrach seachad aig tachartas-trèanaidh a chuir sinn air dòigh do chom-pàirtichean Fuaran.	
Luchd-ionnsachaidh is daoine gun Ghàidhlig air am brosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh tro Fhèisgoil				
BnG3.1.1	Pròram Fèisgoil air a lìbhrigeadh le 100 seisean/bùithteanobrach dràma, 150 seisean Blasad Gàidhlig (no barrachd ma tha maoineachadh ri fhaighinn bho thùsan eile) agus 20 seisean tràth-bhliadhnaichean (Hùb-Hab no eile)		Faicibh AC16 gu h-àrd. Tha lùghdachadh anns a' mhaoineachadh airson Blasad Gàidhlig am bliadhna a bheireas buaidh air an àireamh de sheiseanan a bhios comasach dhuinn lìbhrigeadh, ach ghleidh sinn agus lìbhrig cùmhnant a bharrachd a ghlèidheadh bho Chomhairle na Gàidhealtachd.	
BnG3.1.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh de sgoilearan a tha air buannachd fhaighinn bho phròiseactan Fèisgoil.		Bidh e comasach dhuinn fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt air a seo ann an R4.	
BnG3.1.3	Fianais gu bheil tachartasan Fèisgoil a' cur ris an ùidh am measg sgoilearan, agus an tidsearan, gus Gàidhlig a chleachdadh no ionnsachadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Cothroman a bharrachd ri fhaighinn do luchd-ealain le Gàidhlig a bhith a' faighinn cosnadh is a' leudachadh nan sgilean aca				
BnG3.2.1	Oidean Gàidhlig a' faighinn chothroman seiseanan Fèisgoil a lìbhrigeadh is faighinn buannachd bho thrèanadh is cothroman leasachadh proifeasanta eile.		Faicibh AC16 gu h-àrd Chuir sinn trèanadh air dòigh do 15 oidean a tha an sàs ann an lìbrigeadh seiseanan Blasad Gàidhlig	
BnG3.2.2	Ma bhios meudachadh san obair seo, àrdachadh bliadhna-airbliadhna air anàireamh de dh'oidean le Gàidhlig an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh sheiseanan às leth Feisgoil.		Bidh e comasach dhuinn fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt air a seo ann an R4.	
BnG3.2.3	Fianais bho oidean Fèisgoil gu bheil an obair air a bhith na tlachd dhaibh is iad air cothroman a bharrachd fhaighinn gus a' Ghàidhlig a chleachdadh.		Tha cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth.	
Cothroman a bharrachd ann do luchd-ealain a bhith a' cur phròiseactan air dòigh is luchd-èisteachd a ruigsinn gus Gàidhlig a chur air adhart				
BnG4.1.1	Sgeama Maoin nan Ealan Gàidhlig air a ruith dà thuras sa bhliadhna ann an co-bhonn le Alba Chruthachail mar chothrom fosgailte do bhuidhnean is daoine cur a-steach airson maoineachadh, le co-dhiù £45,000 air a thabhann bhon Tabhartas		Faicibh AC27 gu h-àrd.	
BnG4.1.2	A rèir nam pròiseactan a gheibh taic, ag amas air adhartas bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh		Mar a chithear ann an CS27, Tha iarrtas nach beag airson Maoin nan Ealan Gàidhlig a tha a' fàs gach bliadhna agus	

	dhaoine/luchd-èisteachd a bhios a' faighinn buannachd bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig		tha sinn an dùil, mar sin, gun tig àrdachadh air na tha a' buannachadh tro na pròiseactan a tha a' faighinn maoineachadh	
BnG4.1.3	Fios air ais bho phròiseactan Maoin nan Ealan Gàidhlig a' sealltainn gu bheil iad air daoine a bhrosnachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig no a' Ghàidhlig a chur air beulaibh an t-sluaigh.		Tha seo follaiseach anns an stiùireadh le prìomhachas ga thoirt do dh'obair air a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig agus, mar sin, tha sinn an dùil gun urrainn dhuinn seo a dhearbhadh.	
A' neartachadh turasachd chultarach Ghàidhlig is meas a' phobaill air na h-ealainean traidiseanta tro thachartasan fìrinneach tron Fhèis Blas				
BnG4.2.1	Fèis Blas air a cumail ann an cobhonn ri Comhairle na Gàidhealtachd is buidhnean com-pàirt eile le co-dhiù 25 tachartasan.		Faicibh AC24 gu h-àrd.	
BnG4.2.2	Fàs bliadhna-air-bliadhna anns an àireimh luchd-ealain is luchdèisteachd a tha an sàs no a' frithealadh tachartasan Fèis Blas, a rèir na h-àireimh de thachartasan agus cho fad 's a chumas taicairgid suas ris na cosgaisean a bhios na lùib.		Chaidh Aithisg ullachadh agus a' sgaoileadh air thoiseach air coinneamh Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal san Dùbhlachd.	
BnG4.2.3	Ìre àrd de riarachas air a sealltainn bho luchd-èisteachd tachartasan Fèis Blas a thaobh tlachd bho na tachartasan is cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.		Bha ìre riarachais Blas aig 96% airson 2025.	
Ag obair gu h-eadar-nàiseanta airson aithne a thoirt air cultar na Gàidhlig is ceanglaichean a thogail le luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh an t-saoghail				
BnG4.3.1	A' sruthadh 5 tachartasan beò tro FèisTV (barrachd ma bhios maoin ga ceadachadh) is cur ri clàraidhean de thachartasan a tha ri fhaighinn air-loidhne uair sam bith.		Faicibh AC26 gu h-àrd.	
BnG4.3.2	Àrdachadh bliadhna-air-bliadhna ann an àireamhan luchdamhairc eadar-nàiseanta FèisTV air no a tha an sàs ann am pròiseactan eile aig Fèisean nan Gàidheal.		Tha sinn a' beachdachadh an-dràsta air mar a ghabhadh susbaint a chrutheachadh airson FèisTV gus fàs a thoirt air àireamhan luchd-amhairc aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bidh e comasach dhuinn fiosrachadh nas mionaidiche a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth aig deireadh R4.	
BnG4.3.3	Fianais bho luchd-amhairc eadar-nàiseanta FèisTV no compàirtichean ann am pròiseactan le dàimh eadar-nàiseanta gu bheil iad air barrachd tuigse a thogail air a' Ghàidhlig		Nithear cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig aig cridhe susbaint FèisTV agus sgaoilidh sinn fios mun chànan aig gach cothrom. Bidh cruinneachadh fianais a' dol air adhart agus bidh e ri fhaotainn do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth aig deireadh R4.	
BnG4.4.1	Gu bheil riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig air pannal-measaidh iarrtasan Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Tha Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan Bòrd nan Gàidhlig, Steven Kellow, air a' phanail.	
Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri deagh mhodhan riaghlaidh				
BnG5.1.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' foillseachadh aithisg bhliadhnail is cunntasan bliadhnail.		Faicibh AC4 gu h-àrd	

BnG5.1.2	Gu bheil tilleachdan air a chur a-steach do OSCR is Taigh nan Companaidhean ann an deagh àm mar a tha a dhìth.		Tha sinn a' coileanadh seo ann an deagh ùine gach bliadhna.	
BnG5.1.3	Gu bheil coinneamhan cunbhalach ann de bhòrd na buidhne.		Faicibh AC28 gu h-àrd	
BnG5.1.4	Gu bheil poileasaidhean corporra iomchaidh aig a' bhuidhinn agus gu bheilear gan ath-ùrachadh bho àm gu àm.		Faicibh AC29 gu h-àrd. Tha seo mar phàirt den obair leantainneach aig Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal, le taic bho luchd-obrach.	
BnG5.1.5	Gu bheil lèirmheas air plana gnìomhachais na buidhne mar a tha a dhìth is eagrannan ùr sam bith air a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig		Chaidh am plana pròghraim againn aontachadh ann an 2024. Bidh sinn a' dèanamh lèirmheas cunbhalach air a' phlana seo, agus thèid ùrachaidhean sam bith a chur air adhart do luchd-maoineachaidh Fèisean nan Gàidheal.	
Gu bheil luchd-obrach Fhèisean nan Gàidheal a' faighinn taic iomchaidh				
BnG5.2.1	Gu bheil an tuarastal bith-beò fìor ga phàigheadh do luchd-obrach, luchd-ealain, oidean, cunnradairean no daoine eile a tha ag obair às leth na buidhne, a rèir poileasaidh Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba.		Faicibh AC1 agus BnG1.3.1 gu h-àrd Tha Fèisean nan Gàidheal air aithneachadh mar fhastaiche an tuarastal bith-beò agus tha e na phrìomhachas dhuinn gu bheil sinn a' pàigheadh ìrean cothromach anns gach suidheachadh le sùil gheur ga chumail air atharrachadh sam bith sna h-ìrean a thathas a moladh le àrdachaidhean a chur an sàs cho luath 's a thig iad gu buil.	
BnG5.2.2	Gu bheil seanailean taice agus conaltraidh gan toirt seachad do luchd-obrach fa leth, a rèir poileasaidh Obair Chothromach Riaghaltas na h-Alba		Tha cothroman aig luchd-obrach na guthan aca a thogail aig àm sam bith mun chuspair seo 's tha sinn a' dèanamh cinnteach gu cunbhalach gu bheil fhios aca air seo. Tha an cuspair air a' chlàr aig coinneamhan den sgioba, tro mheasaidhean agus tha sinn cuideachd air ceisteachan ullachadh a thèid a sgaoileadh gach bliadhna gus cothrom a thoirt dhaibh an cuid beachdan a chur an cèill.	
Gu bheil Fèisean nan Gàidheal ann an suidheachadh seasmhach a thaobh ionmhas				
BnG5.3.1	Gu bheil bòrd-stiùiridh Fhèisean nan Gàidheal a' cumail sùil air ìre stòrasan gun chuing is am poileasaidh stòrasan aige a rèir feumalachdan na buidhne.		Tha an cuspair seo air a thogail aig gach coinneamh den Bhòrd-stiùiridh agus tha na buill agus ar luchd-cunntais riaraichte leis an stòras aig an ìre-sa. Tha Fèisean nan Gàidheal air stòras reusanta a ghlèidheadh airson grunn bhliadhnaichean a-nis air a thasgadh tro làrach-lìn Charities Aid Foundation air a ruith le Flagstone, gus meudachadh a thoirt air an riadh a thèid a chosnadh.	
BnG5.3.2	Gu bheil deagh dhàimhean gan cumail le ùghdarrasan ionadail agus Alba Chruthachail.		Faicibh AC43 gu h-àrd. Tha sinn air grunn choinneamhan a chumail le oifigearan bho Chomhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòid agus Alba Chruthachail air a' bhliadhna seo. Cumaidh sinn na ceangalan làidir seo agus ni sinn oidhirp seo a dhèanamh le tuilleadh Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean eile.	

BnG5.4.1	Gu bheil fios ga thoirt do Bhòrd na Gàidhlig cho luath 's a tha atharrachadh ann am ballrachd bhòrd-stiùiridh no luchd-obrach na buidhne.		Tha ballrachd a' Bhùird ri fhaicinn aig feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/. Chaidh innse do Bhòrd na Gàidhlig mu atharraichean anns an sgioba air a' bhliadhna seo. Bithear a' sanasachd dreuchdan bàna luchd-obrach agus bidh Bòrd na Gàidhlig mothachail orra sin tro tagaichean anns na meadhanan sòisealta agus tro aithisgean don Bhòrd-stiùiridh.	
BnG5.4.2	Gu bheil geàrr-chunntasan coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne gan deasachadh agus gan cur gu Bòrd na Gàidhlig an dèidh dhaibh a bhith air an aontachadh.		Bidh pàipearan a' Bhùird-stiùiridh gu lèir gan cur gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach le geàrr-chunntasan choinneamhan nam measg. Tha ball de sgioba Bhòrd na Gàidhlig air a bhith an làthair aig grunn choinneamhan a' Bhùird agus tha fàilte mhòr air luchd-amhairc.	
BnG5.4.3	Gu bheil a' bhuidheann a' cumail clàr-chunnartan, air a bheilear a' dèanamh lèirmheas le bòrd-stiùiridh na buidhne co-dhiù aon turas gach bliadhna		Faicibh AC29 gu h-àrd.	
Gu bheil barrachd daoine mothachail is eòlach air obair Fhèisean nan Gàidheal				
BnG6.1.1	Gu bheil àireamh luchd-leantainn air na meadhanan sòisealta a' fàs bliadhna-air- bliadhna.		Tha sinn a' faicinn fàs ann an àireamh luchd-leantainn airson Facebook agus Instagram gu h-àraid 's thèid aithris slàn a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig tro aithris shònraichte fa leth aig deireadh R4.	
BnG6.1.2	Co-dhiù 6 sanasan-naidheachd agus/no cuairt-litrichean gam foillseachadh is gan sgaoileadh gach bliadhna air obair na buidhne.		Tha sinn air 13 naidheachdan agus Cuairt-litir a' sgaoileadh am bliadhna, ag aithneachadh taic Bòrd na Gàidhlig aig gach cothrom.	
Gu bheil buidhnean Gàidhlig ag obair nas dlùithe còmhla				
BnG6.2.1	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh Fhèisean nan Gàidheal is oifigearan Iomairt Chomunn na Gàidhlig anns an sgìre aca.		Tha an conaltradh seo a' leantainn gu cunbhalach thairis air na diofar sgìrean eadar na h-oifigearan againn, na Fèisean agus Oifigearan Iomairt Chomunn na Gàidhlig le co-obrachadh fìor mhath a' dol air adhart aig tachartasan Fèise is eile. Tha oifigearan Fèisean nan Gàidheal an sàs anns na còmhraidhean le Comunn na Gàidhlig mu Ro-innleachd Gàidhlig Òigridh.	
BnG6.2.2	Gu bheil co-obrachadh air a bhrosnachadh eadar Fèisean ionadail is Mòdan ionadail fo stiùir a' Chomuinn Ghàidhealaich.		Tha dàimh fìor mhath againn ris a' Chomunn Ghàidhealach agus bidh sinn a' brosnachadh obair càch a chèile gu tric. Bidh sinn ag obair còmhla ris A' Chomunn Ghàidhealach air Acadamaidh a' Mhòid, (Faicibh AC16 gu h-àrd) agus tha fios againn bho rannsachadh air a' bhuaidh a bhios aig na	

			Fèisean air comasan ciùil òigridh a tha a' gabhail pàirt ann am mòdan	
BnG6.3.1	Gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' cumail ri Stiùireadh Aithneachaidh Bhòrd na Gàidhlig, mar a tha air ùrachadh bho àm gu àm.		'S i obair leantainneach, làitheil a tha seo agus thathar ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig aig a h-uile cothrom iomchaidh.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CNG1	A' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R2.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	Taic-airgid do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2025-26. Chaidh tabhartasan luach £49,468 a thairgse do dh'Fhèisean na sgìre a' cleachdadh £12,000 de mhaoin na comhairle. Chaidh £9,000 a bharrachd a thabhann do Fèis Latharna airson a' Chèilidh air Chuairt aca. Fhuair Fèis an Tairbeirt £2,680 airson seiseanan Fèis Bheag/Ghàidhlig agus airson sreath de chonsartan le luchd-ciùil òga agus com-pàirtichean na Fèise.	
CEB2	Taic do na Fèisean tachartasan cunbhalach a chur air dòigh fad na bliadhna.		Tha na tabhartasan ann an CEB1 a' toirt a-steach cuibhreann de £22,137 airson tachartasan cunbhalach a chur air dòigh tron bhliadhna.	
CEB3	Taic ri Fèisean gnìomhan a ghabhail os làimh airson leaudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.		Faicibh AC5, AC11 agus AC20 gu h-àrd airson taic san fharsaingeachd. Bidh sinn a' conaltradh ri Fèisean Earra-Ghàidheil airson nam feumalachdan aca a fhrithealadh.	
CEB4	Taic airson Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil le trèanadh agus ùine bhon sgioba obrach (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Chaidh Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil air adhart san Iuchar an dèidh trèanadh còmhla ri cuairtean eile ann an sgìre a' Mhonaidh Ruaidh. Faicibh cuideachd AC23 gu h-àrd. Chaidh tabhartas £9,000 a thoirt do Chèilidh air Chuairt Fèis Latharna a chluich aig 17 tachartasan san sgìre.	
CEB5	Ùine Oifigearan Leasachaidh air a chosg air Fèisean Earra-Ghàidheil 0.6 CRLU.		Bidh dà Oifigear Lesachaidh, le taic bho cho-obraichean mar a tha iomchaidh, a-nis a' cumail taic ris na Fèisean san sgìre seo (co-ionnan ri 0.6 ILT).	
CEB6	Taic bho luchd-obrach eile le rianachd, ionmhas agus cànan a chleachdadh (pro-rata a-rèir àireamhan Fèisean).		Faicibh AC1-5, AC8 agus AC10-11 gu h-àrd.	
CEB7	Seirbheisean do dh'Fhèisean na sgìre le deuchainnean sgrùdaidh, àrachas, ionnsramaidean ciùil air iasad (cosgaisean pro-rata).		Faicibh AC3 gu h-àrd.	

CEB8	Trèanadh do luchd-teagaisg/eagrachaidh (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Faicibh AC10 gu h-àrd.	
CEB9	Obair dràma ann an sgoiltean Earra-Ghàidheal is Bhòid (amasan foghlaim).		Fhuair sgoiltean an t-Sailein agus Bun Easain buannachd bhon obair aig Meanbh-Chuileag. Tha Bun-sgoil an t-Sailein agus Bun-sgoil Rhu a' faighinn leasannan tro Bhlasad Gàidhlig. Chaidh am Panto Ghàidhlig fhilmeadh agus a sgaoileadh do sgoiltean Earra Ghàidheal is Bhòid san Dùbhlachd.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill:

1. Còmhradh a thogail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann agus
2. Fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram obrach.

Calum A Macmhaoilein
Ceannard
Am Màrt 2026

Fèisean nan Gàidheal
Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2026.02(b)

Ainm	**Calum A Macmhaoilein**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

15.12.25 Coinneamhan Amplify
16.12.25 Coinneamh le Siobhan NicAnndrais
13.01.26 Coinneamh CivTech
15.01.26 Coinneamh mu dhreach stiùireadh Sgìrean Cànain Sònraichte
15.01.26 Coinneamh le Mòrag Anna Nicleòid (Comhairle na Gàidhealtachd)
19.01.26 Coinneamh CivTech (Dùn Èideann)
20.01.26 Coinneamh le Steven Kellow (BnaG)
21.01.26 Coinneamh mìosail dùbhlan CivTech
21.01.26 Coinneamh de Bhuidheann Pròg ramaidh Blas
23.01.26 Coinneamh CivTech (Gach Dihaoine às dèidh seo aig 930m)
23.01.26 Coinneamh le Jeni Flannagan (Bothan Dùn Èideann)
26.01.26 Coinneamh CivTech - FnG & Community Enterprise (Gach Diluain aig 1230f)
27.01.26 Trèanadh air cleachdadh obrach AGILE
29.01.26 Coinneamh de na Buidhnean Gàidhlig leis an Riaghaltas
02.02.26 Coinneamh Amplify
03.02.26 Coinneamh de Bhuidheann-obrach nan Ealan Traidiseanta
05.02.26 Coinneamh Amplify
09.02.26 Coinneamh Sgioba
10.02.26 Coinneamh Amplify
11.02.26 Coinneamh le Rowan Boase (Fonndas Uilleim Ghrannd)
11.02.26 Coinneamh de Bhuidheann Pròg ramaidh Blas
11.02.26 Coinneamh de na Buidhnean Gàidhlig
12.02.26 Coinneamh de na Buidhnean Gàidhlig leis an Leas-Phrìomh Mhinistear Ceit Fhoirbeis
13.02.26 Coinneamh le Alasdair MacIlleathain mu FèisTV/Blas
18.02.26 Coinneamh le Amplify
24.02.26 Coinneamh le Oifigearan Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid
25.02.26 Coinneamh mìosail dùbhlan CivTech
25.02.26 Taisbeanadh do Chomataidh Gàidhlig Comhairle na Gàidhealtachd
04.03.26 Coinneamh leis Evelyn Coull (Comhairle nan Eilean Siar)
05.03.26 Coinneamh le Carola NicChaluim
12.03.26 Coinneamh le Carola NicChaluim
13.03.26 Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh agus an oifis.

- Cuiridh sin mach litrichean agus phàigheadh sin airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2025-26 às dèidh aonta. Chaidh £322,324 a-mach gu Fèisean ach tha £387,842 air a tairgse uile gu lèir às dèidh aonta bhon na Buill.
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Maria feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Tha maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Fhuair Fèis Dhùn Èideann & Fèis Spè taic am bliadhna.
- Chuir mi air dòigh cùisean airson a' Cruinneachadh 2025 air 26/27 Sultain, ann an Glaschu am bliadhna. Tha Cruinneachadh nam Fèisean 2026 air 25/26 Sultain ann an Obar Dheathain.
- Tha sinn air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Cèilidhean air Chuairt 2025. Chaidh airgead na bliadhna seo a-mach gu Fèis Lochabair, Fèis Latharna, Fèis Phàislig, Fèis Air an Oir & Fèis Spè.
- Tha Maria, Abi & Nicola a' coimhead às deidh ionnsramaidean chùil a-nis agus chaidh caradh a'dhèanamh air ionnsramaidean a'mìos seo. Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh an uiridh. Tha John Masson a'caradh ionnsramaidean a-nis dhuinn. Tha feadhainn a-mach air màl cuideachd.
- Chuir sin àrachas air dòigh airson FNG anns An Gearran 2025 ach bha sin a'strì a thaobh buidhnean corpaichte agus chaidh àrachas a chur air dòigh dhan na Fèisean tron bliadhna agus airson Blas anns an t-Sultain. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus chaidh seo ùrachadh a-rithist air 04 Gearran 2025. Thèid àrachas FnG ùrachadh 'sa Ghibhlein 2026.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 25/26 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Chaidh iad a-mach airson an uiridh agus tha mhòr chuid air am pàigheadh a-nis.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Chaidh beagan trèanadh Gramair Gàidhlig agus leasachadh sgilean taisbeanadh airson luchd-obrach air adhart. Chaidh trèanadh Tik Tok agus Instagram le Rene Looper, Tuminds air dòigh anns an Dùbhlachd. Chaidh Trèanadh Gàidhlig le Ingrid air adhart anns an Òg-Mhìos 2025. Bha 8 ag gabhail pàirt ann an trèanadh aig Fèis Alba agus 11 an làthair aig Fuaran.
- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd.
- Tha sinn a' cuideachadh Fèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. Chur mi poileasaidh ùr air dòigh airson Àite Dìonta agus chaidh stiùireadh a chur air dòigh airson poileasaidhean àrainneachd ùrachadh. Tha mi air Plana Freagarrachaidh a chur ri chèile airson gnath-shìde.Tha mi ag ùrachadh poileasaidh àite Dìonte a-rithist.
- Chaid Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar am bliadhna.

- Tha CA a'coimhead às dèidh Tasgadh agus MEG an-dràsta.Chaidh Tasgadh a-mach gu tairgse agus cha dh'fhuair sinne a'chùmhnant sin airson am bliadhna.Tha Meg a dol fhathast.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Maria pàirt-ùine ach a' toirt taic dhomh le seo cuideachd.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Chaidh Fèis Bhlas air adhart air 5-13 an t-Sultain 2025. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Bha mi ann an Dùn Bheagain agus ann an Stafainn. Tha 5 Chèilidhean air Chuairt a' ruith ann an 2025-26 agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach gu a'mhòr-chuid dhaibh. Chaidh trèanadh air adhart gu h-ionadail.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh co-dhiù dà latha san t-sheachdain ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh cuideachd. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire/Stiùir Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Teams gu cunbhalach agus coinneamhan far a feum mi a bhith làthair.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr. Thoisich Calum Ailig Mac a'mhaoilein mar Cheannard ùr. Bha sinn a'sanasachd airson Manaidsear Leasachaidh agus bha Calum Friseil soirbheachail. Thoisich Mirren Ward mar Oifigear Pròiseactan airson 4 mìosan. Tha Abi Reid air fòrladh màthaireachd agus tha Maia Murray a-nis na h-àite. Thoisich Sheena Amos mar Oifigear Leasachaidh agus bha agallamhan againn airson àite Mirren a'lìonadh. Thoisich Eòin Cumming mar Oifigear Pròiseactan anns An Fhaoileach.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Bha mi a cuir seachad ùine còmhla ri Seumas MacIver bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna air-loidhne. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 31 Dùbhlachd 2025.
- Cur Maria air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd le taic chuir mi eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg dèante. Fhuair Plana Freagarrachaidh airson na gnàth-shìde aonta aig Coinneamh a'Bhùird agus tha e air an larch-lìn. Rinn mi dà seisean trèanaidh airson seo.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Chèitean 2025.Thèid ùrachadh anns a' Chèitean a-rithist am bliadhna.

Ainm	**Calum Alasdair Friseal**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

Dh'obraicheadh gu dlùth le na h-Oifigearan Leasachaidh aig toiseach na bliadhna, a' sgrùdadh thabhartasan nam Fèis, a bharrachd air ruag a chur air na Fèisean mu dheireadh bho nach d' fhuaireadh Foirm Tagraidh Deireannach fhathast. Tha mi air molaidhean a dhèanamh airson duaisean maoineachaidh na bliadhna sa stèidhte orra sin.

Chaidh measaidhean bliadhnail an sgioba leasachaidh gu lèir a dhèanamh. Tha sinn air aontachadh gum bi coinneamh sgioba sheachdaineil buannachdail agus thòisich iad sin sa Ghearran, far an robh fòcas air Foirmean Tagraidh agus Sgeama Tabhartasan nam Fèisean, trèanadh, ullachadh airson Fèisean na Càisge agus a' dearbhadh gu bheil am fiosrachadh agus an taic a tha a dhìth air na comataidhean sin aca, a thaobh PVG, ìrean MU, Jotforms, sanasachd Ghàidhlig agus barrachd.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2025

Tha coinneamhan phròga maidh a' gabhail àite gu cunbhalach agus tha am pròga m a' tighinn ri chèile. Thuige seo, thathas air a bhith a' coimhead air tagraidhean a tha air tighinn a-steach gu ìre mhòr. Chaidh coimisean na bliadhna sa a shanas, agus dùinidh e do thagraidhean air 09/03/26. Thèid coinneamh phròga maidh a chumail air 11/03/26 gus tagraidhean a mheasadh.

Trèanadh Luchd-obrach

Thàinig sinn còmhla san Dùbhlachd airson trèanadh a thaobh nam meadhanan sòisealta a bha glè fhiosrachail. Tha daoine fa-leth bhon sgioba air barrachd trèanaidh a dhèanamh a thaobh nam meadhanan sòisealta agus tha buill ùra den sgioba air a bhith a' leasachadh sgilean a thaobh ar innleachdan is prògraman àbhaisteach.

Trèanadh Comataidh is Oidean

Tha sinn a' leantainn oirnn a' cur chothroman trèanaidh cunbhalach air dòigh do shaor-thoilich. Thèid Foirmichean Tabhartais a sgrùdadh, feuch dè na seòrsaichean trèanaidh a bhiodh as buannachdail sa bhliadhna a tha romhainn agus càite an gabh Fèisean a thoirt còmhla airson trèanadh gus cosgaisean a lughdachadh.

Fuaran

Chaidh fàilte a chuir air Eòin Cumming don sgioba mar Cho-òrdanaiche Pròiseict le uallach airson Fuaran. Tha e air eòlas a chur air plana pròiseict Abi agus bidh e ag obair gu dlùth le Maia gus seo a thoirt gu buil. Chaidh clàr-ama a dhealbh gus dealbhan, pod-chraolaidhean agus òrain bho Fuaran na bliadhna sa fhoillseachadh thairis air na seachdainean a tha romhainn. 'S e leasachadh na làraich-lìn an ath-cheum. Tha còmhraidhean a' dol air adhart an-dràsta le dealbhaiche làraichean-lìn.

Amplify

Tha sinn coinneamhan den Bhuidhinn Thar-roinneil againn a' leantainn gach cola-deug, a bharrachd air a bhith a' coinneachadh mar làn-sgioba gach mìos, le grunn choinneamhan sònraichte eile gan iarraidh. Choinnich sinn aghaidh-ri-aghaidh ann am Pisa san Dùbhlachd far an d' fhuair sinn cothrom air a' chiad dreach de na h-innealan eadar-dhealaichte a tha gan leasachadh tro AMPLIFY.

Bho thoiseach na bliadhna, tha 4 oidean Fèise air a bhith a' dèanamh deuchainn air a' chiad dreach den inneal AMPLIFY a thathas a' cleachdadh sa phìleat againn (ris an canar "AMPLIFY Creative Studio", seach "AMPLIFY Media Stage" mar a chaidh aithris roimhe) thar 4 cuspairean, gach fear air a thabhachd do dhà bhuidheann (luchd-tòiseachaidh agus eadar-mheadhanach), le 4 com-pàirtichean anns gach clas aig a' char as motha. Tha gach oide a' lìbhrigeadh chlasaichean fad 8 seachdainean. Mar a bha dùil, tha duilgheadasan air a bhith ann leis an teicneòlas, agus chaidh iarraidh air com-pàirtichean pàirt a ghabhail leis an tuigse gur ann mar seo a bhiodh, agus a cho-obrachadh leinn mar "cho-luchd-rannsachaidh". Tha iadsan, a bharrachd air luchd-teagaisg, air a bhith a' cumail leabhar-là gach seachdain le fiosrachadh a thaobh cho soirbheachail 's a bha an clas, dè na trioblaidean a dh'fhiosraich iad, mar a bha na feartan ùra ag obair, agus dè na h-atharrachaidhean a dhèanadh iad. Bidh riatanach do shoirbheas a' phròiseict, leis gum bithear a' leasachadh an inneil gu mòr ron dàrna shreath de chlasaichean a-rèir an fhiosrachaidh seo. A-measg nam feartan ùra (an taca ri innealan eile leis am bi AMPLIFY a' farpais) bidh am fuaim air atharrachadh gus am faighear càileachd fìor mhath gu sònraichte le ceòl, an comas fòn a cheangal ris a' phrògram mar dhàrna camara ach am faigh luchd-teagaisg sheallaidhean eadar-dhealaichte (can airson inneal-ciùil a dh' fheumas dà làmh) agus *auto-hand-tracking-mode* a bhios, nuair a thèid a cheadachadh leis an oide, a' dèanamh làmhan chom-pàirtichean nas mhotha.

Thèid an ath-choinneamh aghaidh-ri-aghaidh a chumail ann an Trondheim sa Chèitean.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

5 Latha

Chaidh na h-àiteachan gu lèir a ghlèidheadh taobh a-staigh latha no dhà bho chaidh an tachartas fhoillseachadh. Bidh 5 Latha a' gabhail àite eadar 6 – 11 Giblean 2026, le clàr-ama co-cholltach ris an fhear a bh' ann an-uiridh, le mar a tha Fèill mhòr ron tachartas. Bidh Eòghan MacEanraig ann mar phrìomh oide am-bliadhna agus bidh com-pàirtichean ag obair a dh'ionnsaigh cèilidh a thèid a chumail ann an com-pàirteachas le Còisir Gàidhlig Chàrlabhaigh oidhche Ardaoin a-rithist.

Meòraich

Chaidh an turas-còmhnaidh ùr againn a chumail 14-17 Gearran, far an d' fhuair com-pàirtichean cothrom air deireadh-seachdain socair, le fois is sunnd a' gabhail prìomhachas. Chaidh iad an sàs ann an iòga, cuairtean coille agus bùitean-obrach a thaobh ealain, sgrìobhadh cruthachail agus òrain Ghàidhlig. Ged a fhuaireadh àireamh mhath de thagraidhean, tharraing grunn chom-pàirtichean a-mach. Ged a bha seo na bhriseadh-dùil, rinn iadsan a thàinig ceangal làidir ri chèile, leasaich iad an cuid Ghàidhlig gu mòr agus chuir iad seachad ùine shaor a' cluich gheamaichean-cairte, geamaichean-bùird, a' cabadaich agus ri fealla-dhà, às deidh dhaibh fònaichean-làimhe a thoirt seachad gu dòigheil gach madainn.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach

Chaidh fàilte a chur air Eòin Cumming gu dreuchd Co-òrdanaiche Pròiseict. Bidh an dreuchd seo ag obair air Fuaran an toiseach ach dh'fhaodadh pròiseactan eile a thighinn fo a chùram san àm ri teachd a-rèir uallach obrach.

Prìomh choinneamhan is eile

Coinneamhan AMPLIFY air-loidhne 15/12, 7/1, 8/1, 16/1, 20/1, 21/1, 23/1, 26/1, 2/2, 5/2, 6/2, 12/2, 18/2, 24/2, 5/3) ** Tha e bitheanta gum bi còrr is 2 choinneamh air na làithean sa*
Coinneamh Phrògramaidh Blas (21/1 & 11/2)
Coinneamhan Foirmeil FnG: (9/2, 10/2, 11/2, 25/2)
Bòrd na Gàidhlig (24/2)
OGE – cur air bhog plana Gàidhlig na h-oilthighe (24/2)

Ainm	Eilidh NicCoinnich
Dreuchd	Manaidsear Fèisgoil

Bidh fiosrachadh mu na pròiseactan Fèisgoil air fad ri fhaotainn ann an aithisgean EC agus AM

A' leasachadh sgilean is thàlantan

An làthair mar còm-pàirtiche:

1. **Trèanadh le Tuminds** air TikTok agus Instagram – mar phàirt den sgioba luchd-obrach FnG, 17.12.25.
2. **Slàint is sunnd** – air-loidhne – mar phàirt de phròiseict CivTech, Dùbhlain 11.2.
3. **Latha In-sheirbheis**, Roinn an Fhoghlaim, Comhairle na Gàidhealtachd,18.02.26.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Panto 2025: Luchlann agus am Bonn Òir – air thuras 24.11– 05.12 – àireamhan deireannach

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan sgoile & taisbeanaidhean poblach	Sgoilearan & luchd-amhairc poblach
3	23	16+2	1108+177

Hùb Hàb 2026: Air an Tràigh le Sinead Swann – air thuras 24.02-24.03.26

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	8	10	Ri fhaotainn

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd. Àireamhan bliadhnail san ath aithisg.
BG aig deas – dìreach aig sgoiltean Comhairle na h-Eaglaise Brice agus Abercorn an teirmsa.
BG air a' Ghàidhealtachd **–** dìreach aig Ceann Loch Biorbhaidh an teirmsa.
A' feitheamh air fios mun iarrtas a chur mi a-staigh don Riaghaltas 09.01.26 airson BG 2026/27.
Beairteas air Bhioran! Ann an Uibhist, Bun-sgoiltean– air a lìbhrigeadh le Catriona Nic an t-Saoir agus Catriona Nic Ille Dhuibh, thairis air 4 seachdainnean.

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	4	36	156

CEÒL

Iomairt Ceòl na h-Òigridh: bliadhna sgoile 2025/26 cha mhòr deiseil le fios mu na h-àireamahn ri fhaotainn san ath aithisg.
Seinn Uibhist is Barraigh : teirm 3 air a lìbhrigeadh le Dorothy Nic a' Phiocair agus Catherine Tinney, le fois thairis air mìos do sgoiltean Uibhist leis gum bi Dorothy air falbh agus bidh Beairteas air Bhioran a' tachairt nan àite.

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	6	105	379

Acadamaidh a' Mhòid – ag ullachadh le An Comunn Gàidhealach agus sgoiltean Ghlaschu leis an dùil ga thòiseachadh às dèidh saor-laithean na càisge.

Pròiseactan fa-leth – Meanbh-fhèisean Fìobha – bun-sgoiltean an-sàs, far a bheil iad ag ionnsachadh na Gàidhlig mar cànan a bharrachd le sgioba de thriùir a' lìbhrigeadh laithean slàn, Josie Duncan, Grace Morton agus Innes Mac IlleBhàin. 16.03.26-20.03.26

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
3	5	25	Ri fhaotainn

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Siuthad: tachartas SDS/ Comhairle na Gaidhealtachd le AM & NS seisean FnG air a' lìbhrigeadh

Luchd lìbhrigidh	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
2	5	5	130

Dùbhlan 11.2, CivTech – AITEAL - ann an co-obrachadh le Community Enterprise (Breeze Digital/Stiùdio Bold). Ciamar as urrainn do theicneòlas comas cultarail is eaconamach na Gàidhlig fhuasgladh le bhith a' dèiligeadh ri gainnead dàta feumail a tha ri fhaighinn? Tha sinn ag obair air cead dàta, branndadh agus co-chomhairleachadh coimhearsnachd mar phrìomhachas.

Comataidh na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd rinn mi-fhèin is CAM taisbeanadh air Blas (CAM) agus Acadamaidh a' Mhòid (EMB) leis an dùil gum bi cuireadh eile ri thighinn is cothrom dhuinne a' bruidhinn ris a' chomhairle slàn san àm ri teachd. 25.02.26.

Eòlas air a' Ghàidhlig: an dùil seisean ri chur air doigh le muinntir Taighean-tasgaidh Gailearaidhean Alba air a lìbhrigeadh an ath mhìos le Art MacCarmaig agus Shona NicCarmaig.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Co-obrachadh: Tha mi a' frithealadh mar neach-obrach FnG aig coinneamhan le diofar buidhnean, nan measg Curriculum Improvement Cycle (CIC, Foghlam Alba), Music Education Partnership Group (MEPG) agus buidhean ùr le TRACS, Traditional Music Teaching & Learning Group (TMTLG). A bharrachd air coinneamhan le sgioba Fèisgoil agus le oidean Fèisgoil agus luchd-rianachd ICO:

17.12.25: an làthair aig là trèanaidh luchd-obrach FnG
12.01.26: Fiona NicLeòid – Là na Gàidhlig, Cataibh
13.01.26: Peigi NicIllinnein, An Comunn Gàidhealach – Acadamaidh a' Mhòid (AaM).
13.01/30.01/ 02.02/09.02/23.02/02.03/09.03.26: CivTech : Sgioba Dùbhlain 11.2.
30.01/06.02/13.02/20.02/27.02/06.03/13.03.26: Civtech: Sgioba Urrasachd 11.2.
16.01.26: muinntir Taighean-tasgaidh Gailearaidhean Alba.
20.01.26: AM & CAM – còmhraidhean mu leasachadh drama sa bhliadhna a tha romhainn.
30.01.26: a' frithealadh air-loidhne as leth FnG aig tiodhlacadh Iain Uallas.
04.02.26: coinneamh fiosrachaidh air Raointean de Chudrom Cànanach.
05.02.26: Gwen NicCrosain mu Blasad Gàidhlig agus co-obrachadh.
10.02.26: measaidhean EC agus AM air a lìbhrigeadh.
11.02.26: Buidhean Stiùiridh Blas.
12.02.26: MEPG.
20.02.26: TRACS & coinneamh le Pòl Cassidy agus Rowan Paterson mu AaM.
25.02.26: Checkgate 2 aig CivTech – sgioba slàn an làthair.
04.03.26: Evelyn Coull NicLeòid agus CAM mu ceòl, CNES.

Ainm	Nicola Simpson
Dreuchd	Àrd Oifigear Leasachaidh

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Bidh an Fhèis ag atharrachadh gu stuctar ùr airson nan clasaichean leantainneach aca thairis air an t-samhradh. Bidh iad a' gluasad bho chlasaichean seachdaineil gu bùthan-obrach gach mìos le fòcas air com-pàirtichean a' cluich còmhla.
- Bidh a' phrìomh Fhèis a' tachairt bho 20 – 24 Iuchar.

Fèis Chataibh

- Chaidh a' choinneamh bhliadhnail a chumail sa Ghearran agus bidh a' phrìomh Fhèis anns a' chiad sheachdain de làithean-saora an t-samhraidh aig Àrd Sgoil Ghoillspidh mar as àbhaist.

Fèis a' Bhaile

- Bidh na clubaichean bogsa agus feadain fhathast a' ruith gach mìos
- Chaidh a' choinneamh bhliadhnail a chumail air 21 Gearran agus tha comataidh ùr ann airson an Fhèis a chumail a' dol.
- Chuir an Fhèis taic ri latha Gàidhlig aig leabharlann Chùl Lodair mar phairt de Sheachdain na Gàidhlig. Bha e air leth soirbheachail agus bidh cothrom ann pod-craolaidh a bha air a chlàradh air an latha a chluintinn a dh'aithghearr.

Fèis Inbhir Narainn

- Tha na clasaichean leantainneach fhathast a' dol gach seachdain aig an ionad choimhearsnachd.
- Bidh coinneamh bhliadhnail a' tachairt air Diluain 23 Màrt aig an ionad choimhearsnachd.

Fèis Obar Dheathain

- Fhuair an comataidh ùr neach-rianachd a chuideachadh leis an obair-rianachd làitheil.
- Bidh an Fhèis a' gabhail àite aig Oilthigh Obar Dheathain bho 30 Màrt gu 2 Giblean agus tha e fosgailte do dh'iarrtasan an-dràsta.

Fèis Spè

- Tha an Fhèis a' leantainn oirre leis na clasaichean seachdaineil agus na comhlain aca. Bidh na còmhlain a' cluich aig an tachartas Metagama: An Atlantic Odessey aig talla Ceann na Creige air 19 Màrt.
- Thòisich club feadain ùr aig deireadh a' Ghearrain agus bidh e a' ruith gach mìos.
- Chaidh a' choinneamh bhiladhnail a chumail air 5mh Dùbhlachd agus chuir an comataidh fàilte air buill ùr.
- Bidh cèilidh teaghlaich na Caisge ann an talla Coit a' Chartain air 19mh den Giblean le com-pàirtichean na Fèise.

Fèis Ghallaibh

- Tha an comataidh uile airson seasamh sìos airson diofar adhbharan agus leis a sin bidh coinneamh fhosgailte a' gabhail àite air Diluain 9mh Mart a bhruidhinn mu dheidhinn ciamar as urrainn dhan Fhèis cumail oirre am-bliadhna seo.

Fèis na h-Òige

- Tha Còisir agus Ceòl na h-Òige ag obair air orain air sgàth gum bi iad a' seinn aig tòrr thachartasan anns na mìosan ri thiginn: The Gathering, Mòd Iondail Inbhir Nis agus consairt eile le Aon Ghuth anns an Òbain.
- Tha an club ciùil òigridh - Club Dihaoine- a' dol gu math agus tha iad an dùil pàirt a ghabhail anns a' Mhòd Iondail.
- Tha na Laithean-fèise leantainneach fhathast a' dol gu math leis an ath-fhear a' tachairt air a' mhìos seo.
- Bha coinneamh bhliadhnail aig an Fhèis Disathiarne 21 Gearran agus tha an comtaidh a' cumail orra leis an obair a bha iad a' dèanamh an-uiridh.

Fèis Lochabair

- Tha clasaichean leantainneach a' ruith mar bu chòir.
- Chaidh a' choinneamh bhliadhnail air adhart air a' chiad latha den Ghearran le taisbeanadh goirid bho chom-pàirtichean bho na clasaichean seachdaineil mar phàirt dheth.

- Bha tachartas gu math soirbheachail aig an Fhèis airson Seachdain na Gaidhlig le com-pàirtichean bhon Fhèis, a' Chòisir Ghàidhlig iondail agus daoine eile bhon coimhearsnachd.
- Tha obair air tòiseacheadh air Cèilidh air Chuairt na bliadhna seo le Becca Skeoch ag obair mar cho-ordaniche a' phròiseict.

Fèis na Garbh Crìochan

- Aig a' choinneimh bhlidhnail, chuir an Fhèis fàilte air cathraiche ùr agus tha mi ann an conaltradh riutha gus taic a thoirt dhaibh.
- Tha an comataidh an dùil a bhith a' dèanamh trèanadh ciad cobhair ro sheachdain na Fèise san luchar.

FnG Sgeama Tabhartas

- Tha na foirmichean-tabhartais airson 2026/27 uile a-staigh a-nise. Tha cuid de na Fèisean a' lorg trèanadh ann an Dìon Chloinne agus Ciad Cobhair. Leis a sin, bidh mi ag obair leis an sgìoba leasachaidh gus sin a chur air dòigh dhaibh.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Cèilidhean air Chuairt

- Bidh Fèis Lochabair, Fèis Latharna, Fèis Phaislig agus Fèis Rois a' ruith Cèilidhean air Chuairt am-bliadhna seo agus bidh cuairt ionadail aig Fèis Spè cuideachd.
- Tha sinn an dùil gum bi an t-seachdain trèanaidh againn airson nan Cèilidhean air Chuairt – Fèis Alba- a' tachairt anns a' Phloc bho 6 – 10 luchar.

Colmcille

- Dh'obraich mi-fhèin is Sheena còmhla gus iarrtas a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson am pròiseact Turas a chumail a' dol am- bliadhna agus tha sinn a' feitheamh air fios air ais. Mar phàirt den phròiseas choinnich sinn ri luchd-obrach Ealaín na Gaeltachta agus tha sinn gu math toilichte gun lean iad orra ag obair ann an com-pàirticheas leinn. .

Siuthad – Tachartas Obraichean Gàidhlig

- Bha mi an lathair aig an tachartas seo airson taic a thoirt do Aonghas le bùth-obrach airson nan sgoilearean àrd-sgoile.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

- Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlais mar riochdaire nam Fèis agus bidh mi ag obair air na tachartasan-iomaill anns na mìosan ri thighinn.

Ainm	**Sheena Amos**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Thairis air na miosan a dh' fhalbh, tha na Fèisean air a bhith ag obair air foirimichean 'son Sgeama Tabhartasan nam Fèis agus Tagraidhean Deireannach, a' cur coinneamhan bliadhneil air dòigh, a' libhreagadh clasaichean seachdaineil agus a' tòiseachadh ri ullachadh 'son na prìomh Fèise.

Fèis Bharraigh

Tha clasaichean aca gach seachdain agus tha iad a' còrdadh ris na com-pàirtichean (Feadan – 19, Bocsa – 18, Fidheall – 17). Tha iad ag obair air na cunntasan aca - tha an rianaire aca, Chloe, air adhartas mòr a dhèanamh air seo thairis air a' Gheamhraidh. Tha an Fhèis an dùil ri pròiseact Beairteas: Air Bhioran! a chumail a' dol le maoineachadh bho Sgeama Leasachaidh nam Fèis.

Fèis Eilean na Hearadh

Chum iad coinneamh bliadhneil air 24mh Gearran agus tha an comataidh làn. Tha iad air tòiseachadh ri ullachadh 'son na prìomh Fèise san t-Samhraidh agus tha cùisean a' dol gu math.

Tha sinn airson iarrtas a chuir a-steach dha Muaitheabhal (tuathanas gaoithe) airson a' cur mu choinneamh cosgaisean.

Fèis Taigh Dhonnchaidh

Tha clasaichean seachdaineal aca ann an Giotàr, Maileòidean, Drumaireachd, Feadan, Bocsa-ciùil agus Dràma (clas ùr).

Dh' obraich mi le Mary Duff (neach-eagraiche na Fèise) iar a' bhuidsead aice airson na Fèise am bliadhna. Bha dragh oirre mu buaidh MU rates air a' bhuidsead ach tha i gu bhith cur suas cosgaisean 'son cuid dhe na tachartasan. Cuideachd, tha mi airson maoineachadh a bharrachd a lorg air a son.

Tha Fèis TD ag ullachadh airson na prìomh Fèise aig àm na Caisge agus tha a' mhòr cuid deiseil. Tha sinn a-nise a' dèanamh PVG's agus a' dearbhadh gu bheil a h-uile duine againn.

Fèis an Rubha

Bidh coinneamh bliadhneil aca air 2mh Màrt. Tha sinn air suirbheidh a dhèanamh mu dheidhinn Fèis nan Deugairean a chur air dòigh ach chan eil e coltach gum bi gu leòr ùidh ann am bliadhna.

Fèis Tìr a' Mhurain

Tha clasaichean oidhche fhathast a' dol aig Cnoc Soilleir ann am Bocsa, Dràma, Seinn agus Feadan. Rinn sinn surbheidh agus fhuair sinn deagh mholaidhean bho clann agus pàrantan.

Fèis Tìr an Eòrna

Chaidh mi a-nall 'son coinneamh aig deireadh an Fhaoilleach agus iad gu math deiseil airson na prìomh Fèise san t-Samhraidh mar thà. Tha iad cuideachd draghal mun MU rates, mar sin tha mi ag obair còmhla riutha gus dearbhadh gum bi gu leòr aca bho cìsean clàraidh agus maoineachadh eile gus deiligeadh leis an àrdachadh seo.

Fèis an Earraich

Clasaichean seachdaineal a' ruith ann an Clàrsach, Fideag agus Fidheall. Fhuair sinn £1000 bho Mowi agus £5000 bho Muirhall Energy airson cosgaisean ceangailte leis a' phrìomh Fhèis.

Thachair EGM air 7mh Dùbhlachd agus fhuair iad comataidh làn.

Tha mi air a bhith gan cuideachadh le Jotform agus Risk Assessment airson na prìomh Fèise aig àm na Caisge. Bha 60 iarrtasan air an Jotform às dèidh 2 uair a thìde, mar sin bidh Fèis gu math trang aca am bliadhna!

Fèis na Linne

Tha buidheann saor-thoilich airson Fèis na Linne a thòiseachadh a-rithist ann an Slèite. Tha coinneamh agam mun seo a dh' aithghearr, mar sin tha mi dòchasach gun cur sinn ruidegin air dòigh.

Fèis a' Bhealaich

Tha clasaichean feadan aca gach seachdain a-nise agus iad an dùil ri Fèis a chumail san Lùnastal.

Fèis Thiriodh

Bha sinn toilichte £5000 fhaighinn bho National Lottery Awards for All airson cosgaisean na prìomh Fèise.

Ionnsramaidean

Tha mi air a bhith a' càradh / a' gleusadh fìdhlean aig an oifis ann am Port Rìgh. A-nise tha teiseadair ùr againn agus tha sinn air dehumidifier a chuir san t-seòmar cuideachd. Tha mi air na cnagan a lasachadh agus sreangan briste ùrachadh.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Trèanadh do Fèisean:

Rinn 7 bho comataidh Fèis Thròindirnis trèanadh ciad-cobhair ann am Port Rìgh air 31mh Faoilleach. Tha mi air sgaoileadh goireasan 'son dìon Cloinne còmhla riutha.

Tha 2 bho comataidh Fèis Thiriodh a' dol gu trèanadh ciad cobhair còmhla ri muinntir Urras Thiriodh air 22mh Màrt.

Nì 2 bho comataidh Fèis Tìr a' Mhurain trèanadh ciad chobhair air 15mh Màrt aig Sgoil an Iochdar còmhla ri clubaichean ball-coise.

Trèanadh pearsanta:

Le bhith cruthachadh Jotform Fèis an Earraich, tha mi air barrachd ionnsachadh mu 'conditions' agus 'widgets'. A-nise tha mi ag ionnsachadh ciamar a nì mi liostaichean clas agus m.s.a.a. leis an fhiosrachadh a gheibh mi bhuaithe.
Tha mi air Canva a chleachdadh gus sanasan a dhènamah 'son nam Fèisean agus mi a' fàs nas luaithe agus nas mhisneachdaile leis.
Tha mi air a bhith ag obair air an 'Safe Place Policy' còmhla ri cò-obraichean agus tha e air a bhith a' còrdadh rium meòrachadh air dòighean leasachaidh, a' cleachdadh an eòlais a th' agam bho teagasg.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Meòraich

Thug mi taic do Chalum Friseal gus deireadh seachdain còmhnaidh a chur air dòigh aig Ionad Ath-fhiadhachaidh Dhul Dreagain bho 13mh gu 17mh a' Ghearrain. Ghabh com-pàirtichean phàirt ann am buthtean-obrach a leithid iòga, ealan, seinn, eòlas air a' choille agus mothachas, agus libhrig mi fhìn buth-obrach air leabhraichean-latha (journalling). Bha an deireadh seachdain gu math soirbheachail agus ged a bha àireamh nan com-pàirtichean nas ìsle na bha sinn an dùil, bha deagh spòrs aca uile agus dh' adhbhraich e barrachd Ghàidhlig am measg com-pàirtichean. Thuirt aon com-pàirtiche gur e a' chiad turas a bh' ann gun do smaoinich i sa Ghàidhlig. Bha e aibhseach math deireadh seachdain cho ciùin a bhith againn agus nam bheachd bha seo gu math luachmhòr dha com-pàirtichean.

Turas

Tha mi air obair a thòiseachadh le co-obraichean air turas iomlaid le Èirinn, a' leantainn air tursan co-choltach bho bliadhnaichean eile. Le taic bho Nicola, chur mi iarrtas a-steach 'son maoineachaidh agus bha coinneamh againn le co-obraichean ann an Èirinn gus beachdachadh air

Ainm	**Maia Mhoireach**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis an Iar Dheas

Bha Fèis an Iar Dheas soirbheachail leis an iarrtas maoineachadh aca airson lath 'Thig is Feuch' mar phàirt de Seachdain na Gàidhlig. Chaidh seo air a chumail air 1 Màrt agus bha e soirbheachail. Bha seo na ceum adhartach ann a bhith a leasachadh an Fhèis nas fhaide, a' leudachadh cothroman do dhaoine òga air feadh Dhùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh agus a togail air an Fhèis aon latha a bh'aca roimhe.

Fèis an Tairbeirt

Tha Fèis an Tairbeirt air a bhith soirbheachail leis an iarrtas maoineachadh aca airson pròiseact 'Emerging Tradition Live: Rural Kintyre Music Tutor Performace Series' Troimhe an Stòras Leasachaidh aig FnG. Bheir am pròiseact seo cothrom do h-Oidean na Fèise na tàlantan agus an ciùil aca fhèin a thaisbeanadh, bronsachaidh seo na daoine òga airson na sgilean aca fhèin a leasachadh cuideachd. Thèid seo air a ghabhail thairis air na mìosan san t-Earrach agus san t-Samhraidh. Am measg na taisbeanaidhean seo, bidh Ciorstaidh Beaton, Niamh MacKaveney, Calum McIlroy agus Kaitlin Ross, le barrachd luchd-ciùil ionadail eile ann cuideachd.

Fèis Òigridh Ìle is Dhiùra

Chùm Fèis Òigridh Ìle is Dhiùra a chiad Fhèis ceithir latha acs a riamh am-bliadhna eadar an 10-13 den Ghearran. Bha 64 com-pàirtichean aca tron t-seachdain, rud a bha air leth soirbheachail. Ruith iad cuideachd a chiad 'Fèis Chàirdeil' aca, a thug cothrom do cheathrar daoine òga le feumalachdan a bharrachd pàirt a' ghabhail san t-seachdain le seiseanan air an deànamh freagarrach do na feumalachdan fa leth. Às deidh an fhios air ais sgoinneil bho theaghlaichean, tha an fhèis mur thràth a' coimhead air dòighean gus an Fhèis Chàirdeil a dheànamh nas in-ghabhalach airson an ath Fhèis.

Fèis Dhùn Èideann
Ruith Fèis Dhùn Èideann Prìomh Fhèis soirbheachail am bliadhna 's a Ghearran, le Fèis nan Deugairean air Disathairne 14mh latha den Ghearran agus am Prìomh Fhèis dà latha air an 16-17mh den Ghearran. Ghabh 105 daoine òga pàirt thairis air na trì laithean. Bha deagh spòrs aig a h-uile duine. Bha e cuideachd math an uimhir de pàrantan saor-thoilleach fhaicinn a cumail taic thairis air an Prìomh Fhèis, tha e soilleir gu bheil Fèis Dhùn Èideann air coimhearsnachd làidir a thogail tro na cothroman a tha iad a toirt do dhaoine òga.

Fèis Ghàidhlig Ghlaschu
Tha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu an-dràsta a cur gnìomhan air dòigh am Prìomh Fhèis aca a bhios air 13-17 dhen Ghiblean. Tha 105 daoine òga air clàradh air a shon mur thràth. Bha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu cuideachd soirbheachail ann a bhith a' leudachadh an comataidh aca, le trì buill ùra ann a-nis.

Chur mi air dòigh Treànadh ciad-chobhair airson buill a chomataidh agus na luchd obrach saor-thoilleach, chaidh seo air a chumail air an 11mh lath den Fhaoilleach. Tha 11nar aca a-nis leis an treànadh, tha seo air eadar dheallachadh mòr a dheànamh air na tachartasan aca a' ruith.

Fèis Phàislig
Chaidh an cuirm chiùil 10 bliadhna aig Fèis Phàislig air a chumail air Disathairne an 7mh latha den Ghearran. Bha an cuirm air a reic a-mach, le còrr is 500 neach an làthair san luchd-èisteachd. Chaidh an Cuirm seo air an sgaoileadh beò air YouTube, airson na daoine nach d'fhuair tiogaidean no nach b'urrainn a bhith ann. Bha còrr is 100 luchd ciùil air an àrd-ùrlair tron oidhche, agus fhuair a h-uile duine a bha ann tòrr às.

Fèisean a' bharrachd
Tha mi air a bhith ann an conaltradh le Fèisean eile airson taic a chumail ri na iarrtasan maoineachadh agus na tagraidhean dheireannach a bha air dhìth. Tha iad a-nis trang ag obair air cùisean a chur air dòigh airson am bliadhna sa.

Ionnsramaidean
Tha mi air a bhith ag obair còmhla-ri Nicola agus Maria gus ionnsramaidean fhaighinn dha na Fèisean agus pròiseactan eile a dh'fheumas iad.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Treànadh na Meadhanan
Tha mi air a bhith an sàs ann an webinars eadar dhealaichte airson treànadh ceangailte ri TikTok, Instagram agus Facebook. Bha mi cuideachd an sàs le treànadh an sgioba còmhla ri Tuminds.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Cruinneachadh Arrachar
Chùm mi taic ri Ceinidh aig Arrochar Gàidhlig Society airson an latha cruinneachadh aca a chur air dòigh. Bha bùth obrach na Fèise aca, tha seo air tòrr ùidh a thogail. Bha còrr is 100 neach an làthair aig an Cruinneachadh agus tha iad a-nis a' coimhead air dòigh gus Fèis ionadail a stèidheachadh.

Fuaran
Tha na pìosan deireannach mu dheireadh airson Pròiseact Fuaran deiseil airson a dhol beò. Tha sinn air ceann-lathaichean sgaoilidh a chlàradh airson na bhideothan promo, pod-chraolaidhean agus na h-òrain, a bheir taic do ùidh a thogail mus tèid iarrtasan fhosgladh airson an ath shreath de com-pàirtichean.

Tha sinn anns na ciad ìrean de bhith a' cur air dòigh a h-uile càil airson an ath shreath, a toirt a steach bùithean obrach agus an deireadh seachdain trèanaidh, tha sinn an dùil na iarrtasan fhosgladh meadhan a Ghiblean.

Tha sinn cuideachd anns a' phròiseas a bhith a dealbhadh agus a leasachadh làrach linn ùr airson Fuaran.

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh
Lìbhrig mi seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamh a' bhùird, a chaidh a chumail air loidhne air 12 Dùbhlachd 2025.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Treanadh le Tuminds
Air 17 Dùbhlachd, rinn sinn seisean trèanaidh le Tuminds mar sgioba gus feum a bharrachd a dhèanamh às na meadhanan sòisealta, gu h-àraidh Tiktok agus Instagram.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Panto 2025
Bha turas gu math soirbheachail againn le Luchlann agus am Bonn Òir a chaidh a chumail eadar 24 Samhain agus 5 Dùbhlachd. Chaidh an taisbeanadh poblach a bu thrainge a bh'againn gu ruige seo a chumail aig Cultarlann Inbhir Nis air 4 den Dubhlachd is 107 an làthair anns an luchd-èisteachd. Chaidh latha a bharrachd a chur ris clàr-ama an turais gus taisbeanadh poblach eile a chumail ann an Glaschu air Disathairne 6 den Dùbhlachd. Chaidh an taisbeanadh poblach seo a chumail teas-meadhan a' bhaile Impact Arts. Chaidh Eventbrite a chleachadh gus tiogaidean a ghlèidheadh 's air an latha fhèin bha corr is 70 san luchd-èisteachd.

A bharrachd air cothrom fhaighinn an taisbeanadh poblach a shanasachd air Diluain 25 den t-Samhain Radio nan Gàidheal fhuair na cleasaichean sa phanto cothrom naidheachd mun turas a thoirt do Radio Skye ann an agallamh a rinn iad san stiuidio aca air Dimàirt 2 Dùbhlachd.

Chaidh foirm-measaidh mun phròiseact a sgaoileadh air na sgoiltean às dèidh làimh.

Cothroman-obrach ann an Dràma
Dh'obraich mi fhèin agus Eilidh NicCarmaig còmhla gus postair ùr a dhealbhadh gus na cothroman-obrach a th'againn do dhaoine le Gàidhlig le ùidh ann an cleasachd sna tursan a th'againn do sgoiltean agus/ no dràma a theagasg aig Fèisean no sgoiltean. Chaidh am postair seo, tuilleadh fiosrachaidh agus foirm-clàraidh fhoillseachadh air ar làrach-lìn aig feisean.org/cothroman/
agus air na meadhanan-sòisealta againn toiseach a' Ghearrain.

Hùb Hàb 2026
Anns an Fhaoilleach agus anns a' Ghearran rinn mi obair riochdachaidh air dealbh-chluich Hùb Hàb na bliadhna seo agus chuir mi clàr-ama an turais air dòigh. 'S e Hùb Hàb air an Tràigh tiotal an taisbeanadh eadar-obrachail a tha ag amas air sgoilearan ann an foghlam tro mheadhan na Gàidhlig eadar C1-C3 agus sgoiltean-àraich. 'S e taisbeanadh do aon chleasaiche a th'ann 's

chaidh Sinead Swann fhastadh gus an turas lìbhrigeadh. Às dèidh dhomh stiùireadh a thoirt dhi ann an Inbhir Nis air 16, 17 agus 23 den Ghearran, thòisich i turas a bheireas cothrom do 8 bun-sgoiltean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd ga fhaicinn eadar 24 Gearran agus 24 den Mhàirt. Thug mi taic do Eilidh NicCarmaig leis an obair a bh'aicese ag ullachadh goireasan-sgoile ceangailte ris a' chuspair. Chuir mi dealbhadair air dòigh gus dealbhan a thogail den cleasaiche agus chaidh naidheachd mun turas a sgaoileadh air na meadhanan, air ar làrach-lìn agus air na meadhanan-sòisealta againn air 24 Gearran. Dh'iarr Radio Skye orm naidheachd a chlàradh mun turas agus chaidh sin a chraoladh air Diluain 2 Màrt.

Sgoil-Shamhraidh Dràma 2026
Thèid Sgoil na bliadhna seo a chumail eadar 6 agus 11 den Iuchar 2026 ann am Port Rìgh.

Tha i fosgailte do thagraichean aig aois na h-àrd-sgoile a tha fileanta sa Ghàidhlig. Thèid an Sgoil a chumail aig an Ionad aig Àrd-sgoil Phort Rìgh agus àite-fuirich a chur air dòigh do chompàirtichean aig ostail Eilginn.

Aig toiseach a' bhliadhna chaidh Fearghas Rothach a dhearbhadh mar stiùiriche-ealain na Sgoile.

Chaidh fiosrachadh mun Sgoil agus ceangal gu foirm-clàraidh air loidhne fhoillseachadh air ar làrach-lìn aig feisean.org/ssd/ agus chaidh post-d leis an fhiosrachadh seo a chur gu àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig.

Fhuair mi cothorm an Sgoil a shanasachd aig an tachartas dhreuchdan Siuthad! a chaidh a chumail aig Eden Court air 29 den Fhaoilleach.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Siuthad! 2026 – Bùthan-obrach Fhèisean nan Gàidheal
Air Diardaoin 29 Faoilleach aig Eden Court, lìbhrig mi fhèin agus Nicola Simpson còig bùthan-obrach do sgoilearan àrd-sgoile a bh'aig an tachartas dhreuchdan Siuthad! Ghabh 129 sgoilear bho 5 àrd-sgoiltean pàirt annta às Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Àrd-sgoil Àird nam Murchan, Acadamaidh Inbhir Pheofharain, Àrd-sgoil Lochabar agus Àrd-sgoil Ulapuil.

Pod-chraoladh mu Latha Gàidhlig Leabharlann Chùil Lodair
Ann an co-obrachachadh le Leabharlann Chùil Lodair chlàr mi sreath de dh'agallamhan leis an luchd-teagaisg agus cuid de na compàirtichean a bha an làthair gus pod-chraoladh a dheasachadh mun latha. Ghabh 63 neach pàirt san latha a chaidh a chur air dòigh le Meg NicDhaibhidh, leabharlannaiche lionraidh aig Highlife na Gàidhealtachd gus Seachdain na Gàidhlig a chomharrachadh.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis/ Luchd-obrach FnG – Coinneamhan an dràsta 's a-rithist (Zoom/Teams). Bha mi an làthair aig coinneamh Teams le luchd-obrach FnG a chaidh a chumail air Diluain 9 Gearran.

Sgioba Fèisgoil – Thèid coinneamhan sgioba a chumail an dràsta 's a-rithist le Eilidh NicCoinnich is Eilidh NicCarmaig air Teams.

Sreath-stiùiriche – Chaidh coinneamh measaidh aghaidh ri aghaidh chumail le Eilidh NicCoinnich air 10 den Ghearran 2026.

Hùb Hàb 2026 – Chaidh agallamh Zoom a chumail air 12 Faoilleach le Sinead Swann. Bha mi an làthair aig a' chiad thaisbeanadh a bh'aice aig Bun-sgoil Ghlinn Urchadain air Dimàirt 24 den Ghearran gus dealbhan a thogail den taisbeanadh agus ais-mholadh a thoirt dhi às dèidh làimh.

Pod-chraoladh mu Latha Gàidhlig aig Leabharlann Chùil Lodair – Bha coinneamhan agam le Meg NicDhaibhidh, leabharlannaiche lionraidh aig Highlife na Gàidhealtachd aig Leabharlann Chùil Lodair air Diluain 26 Faoilleach agus Dihaoine 20 Gearran, gus eòlas a chur air amasan a' phod-chraolaidh agus an uidheamachd phod-chraolaidh a th'aca.

Ainm	**Eilidh NicCarmaig**
Dreuchd	**Rianaire Fèisgoil**

NOTA: Bidh àireamhan do na pròiseactan Fèisgoil air fad ri fhaotainn ann an aithisg Eilidh MB.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

An làthair mar chòm-pàirtiche:

1. **Trèanadh le Tuminds** air TikTok agus Instagram – trèanadh luchd-obrach FnG, 17.12.25.
2. **Cùrsa InDesign Advanced** air Udemy dèanta 18.12.25.

A' lìbhrigeadh:
Sabhal Mòr Ostaig | Seisean le Oileanaich Foghlaim 24.04.26
Lìbhrigidh Eilidh MB, Aonghas agus mi fhìn seisean fiosrachaidh eadar-ghnìomhach air-loidhne a mhaireas uair a thìde air 24 An Giblean mu na seirbheisean a tha ri fhaotainn tro Fhèisgoil.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

DRÀMA

Faicibh aithisg Aonghais MhicLeòid airson fiosrachadh nas mionaidiche a thaobh pròiseactan dràma.

Hùb Hàb aig an Tràigh
Tha Hùb Hàb air chuairt a-rithist ann an sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd agus tha mise air a bhith ag obair air leabhran de chur-seachadan spòrsail, òrain agus briathrachas. Bha mi cuideachd a' toirt taic do dh'Aonghas le dealbhachadh seata agus props. Dheasaich mi brath-naidheachd agus tha mi air fairdealan agus foirm-measaidh a chur air dòigh air a shon.

Sgoil-shamhraidh Dràma 2026
Tha deasachadh airson SSD a' dol gu math agus tha Fearghas Rothach air bòrd mar stiùiriche na sgoile am-bliadhna. Thug mi taic do dh'Aonghas le sanasachd agus le bhith a' lorg àite-fuirich do dh'Fhearghas. Faic aithisg Aonghais airson tuilleadh.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig
Tha seiseanan a-nis seachad ann an 6/8 ùghdarrasan ionadail. Tha sinn an dòchas latha coltach ri Meanbh-fhèis a chumail ann am Bun-sgoil James Hamilton agus Bun-sgoil Phàirc Whitehirst oir chaill na sgoiltean a-mach air aon sheisean agus cha ghabhadh a chur air dòigh aig àm eile air sgàth faotainneachd nan oidean.

Ann an Comhairle na h-Eaglaise Brice, air sgàth maoineachaidh a bharrachd bhon chomhairle fhèin, cumaidh seiseanan a' dol ann am Bun-sgoil Charrainn agus Bun-sgoil Ladeside gu meadhan a' Chèitein. Tha seiseanan cuideachd fhathast a' dol ann an Gallaibh is Cataibh agus Fearghas Rothach a' lìbhrigeadh làithean le ICO agus Blasad Gàidhlig air an aon latha ann an Ceann Loch Biorbhaidh.

Beairteas: Air Bhioran!
Ghabh Sgoil Bhàgh a' Chaisteil agus Sgoil Eòiligearraidh pàirt ann an seiseanan fighe cuide ri buill Bhuidheann Luaidh Bharraigh ron Nollaig agus tha cluba aig àm-lòin a-nis air stèidheachadh gus cothrom a thoirt don chloinn aig a bheil ùidh cumail orra ag ionnsachadh.

Thòisich seiseanan ann an sgoiltean Uibhist air 23.03.26 le Catrìona NicIlleDhuibh agus Catrìona Nic an t-Saoir aig an stiùir.

Eòlas air a' Ghàidhlig – Museums Galleries Scotland
Tha Shona agus Art MacCarmaig air bòrd gus seisean Eòlais a lìbhrigeadh anns a' Ghiblean. Tha sinn a' feitheamh fios bho MSG mu làithean freagarrach ach tha sinn air toiseach tòiseachaidh a dhèanamh air goireasan air a shon.

CEÒL

Iomairt Ceòl na h-Òigridh
Tha seiseanan ICO fhathast a' dol ann an sgìrean Fèis an Earraich agus Fèis Rois ach tha seiseanan anns a' chòrr de sgìrean deiseil airson 2025/26. Chaidh foirm-measaidh ICO ùrachadh airson na bliadhna agus chaidh seo a chur a-mach do sgoiltean Fèis Inbhir Narainn gu ruige seo.

Seinn Uibhist & Bharraigh
Tha seiseanan Seinn a' leantainn ann an Uibhist mar bu chòir còmhla ri Dorothy Nic a' Phiocair aghaidh-ri-aghaidh agus ann am Barraigh còmhla ri Catherine Tinney air-loidhne.

Acadamaidh a' Mhòid
Tha sinn air sgioba oidean a chur ri chèile air thoiseach air Mòd Ghlaschu is iad an dòchas seiseanan a thòiseachadh às dèidh làithean-saora na Càisge. Dh'ùraich mi làrach-lìn FnG leis an fhiosrachadh as ùire don fheadhainn a tha airson a dhol an sàs am-bliadhna.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Gairm airson Chleasaichean
Tha mi fhìn is Aonghas air postair agus post Instagram a chur air dòigh gus tàlant ùr ann an cleasachd Gàidhlig a thruadh do thaisbeanaidhean dràma FnG. Tha sinn cuideachd an dòchas reel a dhèanamh le dùil gum faic barrachd dhaoine sin air na meadhanan-sòisealta.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

A bharrachd air coinneamhan gu cunbhalach le Eilidh MB agus Aonghas, tha mi air a bhith an sàs anns na coinneamhan a leanas:

17.12.25 Là-trèanaidh Sgioba FnG
09.02.26 Coinneamh Sgioba FnG
10.02.26 Measadh bliadhnail còmhla ri EMB
11.02.26 Coinneamh Fèisgoil le EMB agus AM

Ainm	**Maria NicCasgaill**
Dreuchd	**Rianaire**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

- A' clàradh na sgaoilidhean gualain a thig bho program na buidhne.
- Ùrachaidhean ris an stòr-dàta (PVGs, oidean, buill, agus ionnsramaidean).
- Làimhseachadh leantainneach air rianachd Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.
- Làimhseachadh leantainneach air ionnsramaidean, cùmhnantan fastaidh agus càradh.
- A' pàigheadh fàirdeal agus clàradh chosgaisean.
- Rianachd PVG, sgrùdaidhean agus iarrtasan.
- Fàirdealachadh, clàradh chosgaisean, rèite banca.
- A' coileanadh ordain leabhraichean (air-loidhne, fòn agus p/d)
- A' dearbhadh ID airson tagraidhean PVG tro Zoom
- A' cur ri Stiùireadh Sgeama PVG Fèisean nan Gàidheal
- A' cur ri buileachadh Stiùireadh Sgeama PVG Fèisean nan Gàidheal do Thagraichean
- A' cur a-steach tagraidhean PVG do *Volunteer Scotland* (37 tagraidhean)
- Ag ullachadh tabhainn airson Cruinneachadh nam Fèisean 2026
- Ag ùrachadh Stiùireadh Sgeama PVG a thaobh gluasad gu ballrachd còig bliadhna.
- A' pàigheadh agus a' clàradh Tabhartasan nam Fèisean 2025/26, agus a' curlitrichean tabhartasan agus fiosrachadh air na chaidh a phàigheadh do na Fèisean.
- A' clàradh mionaidean bho Coinneamhan a' Bhùird agus Coinneamhan Sgioba
- Ballrachd nam Fèisean 2025/26

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Ag ùrachadh eòlas air stiùireadh Achd Foillseachaidh (Alba) 2020 tro Volunteer Scotland, gu h-àraidh a thaobh gluasad gu ballrachd còig bliadhna.
- Chaidh mi gu trèanadh sgioba air TikTok agus na meadhanan-sòisealta

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

- Ùrachaidhean leantainneach air an làrach-lìn
- FAILEAS 82 air deasachadh agus thèid fhoillseachadh anns na beagan sheachdain a tha romhainn

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2026.03

Anns an aithisg seo:

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2026.03(a) — **Gnìomh a dhìth**

Teachd a-steach agus cosgaisean 2025-26 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 28 Gearran 2026. — Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2026.03(b)

